

Murchadh Mòr MacCoinnich, Fear Aicheallaidh (c. 1610–c. 1689): Am bàrd agus a shaoghal

Aonghas MacCoinnich
Oiltbigh Ghlaschu

GEÀRR-CHUNNTAS | ABSTRACT

Tha sùil às ùr ga toirt air bàrd, Murchadh Mòr MacCoinnich, Fear Aicheallaidh, a bha beò am meadhan na 17mh linn. Thathar an eisimeil chùinntasan luchd-cruinneachaidh dhàn is traidiseanan airson ar fiosrachaidh mun duine agus a chuid bhàrdachd gu ruige seo. Ach, le bhith a’ dùsgadh fianais o thùsan ùra, gabhaidh beachd ùr a thoirt air an duine, mu cho-theacs a shaoghail, agus mu àite na bàrdachd ann am beatha a’ bhàird. B’ e dàn-mara a bh’ anns ‘An Làir Dhonn’ / ‘Iorram na Sgiobaireachd’, a rèir eòlaichean na bàrdachd. Ach le bhith a’ coimeas nan diofar thùsan dhen dàn seo taobh ri taobh — cho math ri fianais ‘ùr’ air eachdraidh a’ bhàird, gabhaidh tuigse nas iomlaine a thogail mu bhàrdachd, mu chaitheamh-beatha agus saoghal a’ bhàird Leòdhasaich seo. B’ e duine dripeil a bh’ ann a bha aig meadhan riaghladh Eilean Leòdhais do Chlann Choinnich, ann an co-luadar ri marsantan Gallda agus uaislean Innse Ghall. Chithear o fhianais an artaigil seo mar a chaidh lionraidhean teaghlach a thogail le Clann Choinnich ann an Leòdhas rè na 17mh linn. Agus le bhith a’ coimhead air cruth nas iomlaine dhen dàn aige, ‘An Làir Dhonn’ / ‘Iorram na Sgiobaireachd’, chithear am blas Leòdhasach a bh’ air an dàn seo bho thùs.

This article explores the world, life and poetry of Murchadh Mòr (Murdo MacKenzie) of Achilty, Gaelic poet and forester of the Isle of Lewis in the mid seventeenth century, whose best known work is ‘An Làir Dhonn’ or ‘Iorram na Sgiobaireachd’ (‘The Brown Mare’ or ‘The Seafaring Song’). Much of our understanding of this poet’s life has rested on terse and vague descriptions supplied by song collectors and from traditions collated by

scholars. This study looks anew at the evidence for the poet, focusing on two of his poems in particular, contextualising these with fresh documentary evidence, much of which was previously unknown to scholars. From this, a much fuller picture emerges showing a man of business, as well-connected to Lowland markets as to his own community — someone who was central to the administration of the plantation (or colony) of Lewis, recently acquired by the Clan MacKenzie. A re-examination of the sources for his best-known work, ‘An Làir Dhonn’, restores lost or omitted verses and shows that this poem — usually regarded simply as a seafaring song — originally had a much stronger local focus, showing the connectivity of the poet with his home island of Lewis.

Faclan-luirg: Gàidhlig, bàrdachd, Eilean Leòdhais, fineachan, malairt, iasgach, long, seachdamh linn deug, marachd, Gàidhealtachd, Galdachd, marsantachd, colonaidh

Keywords: *Scottish Gaelic poetry, Isle of Lewis, clanship, trade, fishing, ship, seventeenth century, seafaring, Highlands, Lowlands, plantation*



RO-RÀDH

Tha lorg an-diugh air dà dhàn deug ann an Gàidhlig le Murchadh ‘Mòr’ MacCoinnich, no Murchadh mac mhic Mhurchaidh, còigeamh Fear Aicheallaidh (c. 1610–c. 1689), fear-taca air oighreachd Shìophoirt ann an Leòdhas is Siorrachd Rois.¹ Thathar a’ dol a thoirt sùil air cuid de na dàin sin an seo, gu h-àraid air dhà dhiubh, gus faicinn ciamar a ghabhas an ceangal ri fianais mu eachdraidh is caitheamh-beatha a’ bhàird: ‘Iorram na Sgiobaireachd’ (no ‘An Làir Dhonn’), c. 1640x85, dàn-mara far a bheil am bàrd a’ dèanamh coimeas eadar a bhàta agus làir; agus cuideachd cumha (a tha a’ tòiseachadh ‘Sgeula leat a ghaoth a-deas’) do Dhòmhnall Gorm Òg

¹ Chaidh dreach nas tràithe dhen phàipear seo a libhrigeadh aig co-labhairt a bha a’ comharrachadh chruinneachaidhean an Urr. Seumas MacLathagain ann an Leabharlann Oilthigh Ghlaschu. Chaidh seo a chur air bhonn le mo cho-obraichean, An Dr Sim Innes is An Dr Geraldine Parsons aig Oilthigh Ghlaschu, 9 An t-Samhain 2016.

MacDhòmhnaill, ceann-cinnidh Dhòmhnallaich Shlèite, a chaochail ann an 1643 ('Cumha Dhòmhnail Ghuirm' no 'CDG' an dèidh seo).² Thèid barrachd cuideam a chur anns an alt seo air 'Torram na Sgiobaireachd' ('InaS' an dèidh seo) a bha, am beachd an Oll. Ruairidh MacThòmais, a' toirt sealladh dhuinn air caitheamh-beatha Eilean Leòdhais ann an latha Mhurchaidh (co-dhiù bho shealladh uaislean a' chinnidh). Ann an càrr-ràdh aig an deireadh gheibhear tionndaidhean de InaS agus an cois sin gheibhear àireamh de rannan nach robh riamh ann an clò thuige seo. Thèid fianais eachdraidheil 'ùr' a dhùsgadh o dhiofar thùsan (cuid nach deach a chleachdadh riamh roimhe) a chuireas ris an tuigse againn de cho-theacsa an dàin. Dè am fiosrachadh agus an fhianais a th' againn mu Mhurchadh Mhòr - mar dhuine agus mun t-saoghal san robh e tighinn beò?

'S e beachdan tàireil a b' àbhaist a bhith aig luchd-eachdraidh Gallda, gu h-àraid nuair a thòisich sgrìobhadh na h-eachdraidhe mu na Gàidheil san naoidheamh linn deug. Ged nach eil an leithid idir am follais an-diugh, faodaidh nach eil sinn fhathast saor on dìleab sin (MacGregor 2007, 8, 11; Mackinnon 2017, 33–39). Agus, 's e bun seo gu bheil sinn gu ìre air a bhith a' gabhail na h-eachdraidh aona-thaobhach thàireil sin a-steach gun fhiosta dhuinn fhìn. Chithear seo fiù ann an sgrìobhadh an sàr-sgoileir Ghàidhealaich, Ruairidh MacThòmais, a thuir gur e coimhearsnachd chùilteach, dhùinte a bh' ann an Gàidhealtachd na h-Alba ri linn nam fineachan: coimhearsnachd stèidhichte air dàimhean teaghlaich is obair fearainn aig nach robh cus co-luadair ris an t-saoghal mhòr (Thomson 1989, 58).³ Faodar ceist a thogail mu choinneamh leithid de bheachd le

² Airson fiosrachadh mu bheatha is teaghlach Dhòmhnail Ghuirm Òig mhic Ghilleasbuig Chlèirich, Fear Shlèite, riaghladh 1617–43, seallaibh ri MacDonald & MacDonald 1904, 54–57). Chithear beachd air na ceanglaichean poilteagach aig Dòmhnall Gorm Òg mu àm a' bhàis, 1643, ann an tràchdas PhD Iain MhicGhilleathain (Maclean 1939, 6 & n. 2).

³ Ann am briathran Ruairidh MhicThòmais, b' e Gàidhealtachd na h-Alba ro 1750: 'a society that was close, kin-based, rural, independent and self sufficient in the main. It was not cut off entirely from external contact [...] [Germany, Ireland, Flanders etc.] it was not, however, strongly attracted to external

bhith a’ coimhead air eachdraidh aon bhàird, Alasdair MacCoinnich (*c.* 1570–*c.* 1643), ceathramh Fear Aicheallaidh (athair Mhurchaidh Mhòir againne): fear a bha an sàs gu mòr ann am malairt agus aig an robh ceanglaichean follaiseach ris an t-saoghal mhòr (MacCoinnich 2013, 138–144; 2015a, 217, 248–252). Faodar tuilleadh cheistean a thogail mu leithid de bheachdan-stèidhichte a bhios a’ coimhead air Ghàidhealtachd mar àite ‘annasach’, deireach, ‘air leth o chàich’ le bhith a’ beachdachadh cuideachd air eisimpleir-beatha Mhurchaidh Mhòir, mac Alasdair, a bha, mar a bha athair roimhe, an sàs ann am malairt: rud a thèid a mhìneachadh anns an aiste seo. Ged as ann air a’ bhàrd, Murchadh Mòr, agus a dhàin a tha an aire, togar ceist anns an dealachadh air ciamar a thàinig co-dhiù aon de luchd-trusaidh nan dàn anns an ochdamh linn deug, an t-Urr. Seumas MacLathagain (1728–1805), tarsainn air an dà dhàn seo le Murchadh.

NA DÀIN AGUS NA TÙSAN

Tha lorg an-diugh air dusan dàn uile gu lèir le Murchadh (‘Mòr’ mac Alasdair ’ic Mhurchaidh) MacCoinnich, Fear Aicheallaidh (no ‘Murdoch Mackenzie, 5th of Achilty’ anns a’ Bheurla), bàrd a bhuineadh do dh’Eilean Leòdhais, mar a chì sinn gu h-ìosal, cho math ri Aicheallaidh ann an Siorrachd Rois, a bha beò, *c.* 1610–89 (Ó Baoill & MacAulay 2001, 24–25). Chithear sia de na dàn aige ann an làmh-sgrìobhainn Dhonnchaidh MhicRath (‘Fernaig Manuscript’ ann am Beurla), 1688–93, ach chan eil InaS no CDG rim faicinn an lùib sin (MacPhàrlain 1923, 118–128, 152).⁴ Agus, feumaidh gu robh tòrr a bharrachd dhàn aig Murchadh Mòr a bha a’ sgaoileadh am measg an t-sluaigh tro bheul-aithris a chaidh a-mach à cuimhne rè nan linntean seach an dòrlach beag eile a chaidh a ghlèidheadh le luchd-cruinneachaidh mu cheud bliadhna an dèidh a bhàis. Dheidheadh na h-òrain nach robh a’ còrdadh ri daoine - no a

influences’ (Seall cuideachd Thomson 1997, 17, 24; MacCoinnich 2013, 141, 152, n. 26).

⁴ Chithear an làmh-sgrìobhainn fhèin ann an Leabharlann Oilthigh Ghlaschu, GUL, MS Gen 85/1–2.

chaidh a-mach à fasan, a-mach à cleachdadh — is a-mach à cuimhne rè ùine. Ach, chumadh daoine orra a’ gabhail feadhainn air an robh fèill aig an luchd-èisteachd — ’s e ‘caisgireachd’ a th’ aig an Oll. Colm Ó Baoill air a’ phròiseas seo (Ó Baoill 1997, xlii–xliii). B’ ann mu chuspairean diadhaidh (agus poileataigs gu ìre) a bha a’ mhòrchuid de na h-òrain aig Murchadh Mòr, Fear Aicheallaidh (Maclean 1939, 109–110; Macinnes 1992, 542; Thomson 1989, 113–114). Ach gabhaidh na h-uiread a cheangal ri beatha a’ bhàird fhèin, gu h-àraid on dà dhàn air a bheilear ag amas an seo: InaS, a chaidh a dheanamh eadar c. 1640 agus 1680; agus CDG, an cumha a rinn e ann an 1643 (Ó Baoill & MacAulay 2001, 24). Bha an dà òran seo a’ tighinn beò ann am beul-aithris còrr air ceud bliadhna, a rèir coltais, mus do nochd iad anns na tùsan sgrìobhte as tràithe a th’ againn timcheall air na 1770an.

Tha eòlaichean na bàrdachd a’ meas Mhurchaidh Mhòir mar bhàrd anabarrach comasach. Bha Ruaraidh MacThòmais rudeigin diombach nach robh e uaireannan a’ leantainn ‘riaghailtean’ na bàrdachd cho mionaideach ’s a bu chòir ach thuirt e, a dh’aindeoin sin, gu robh bàrdachd Mhurchaidh air a deagh shnaigheadh, cosmhail ri bàrdachd nam filidh (Thomson 1990, 113–115).⁵ Bha Somhairle MacGill-Eain a’ saòilsinn gu robh dàn Mhurchaidh, InaS, a cheart cho math ri dàin-mara bàird chliùiteach leithid Iain Luim agus Alasdair mhic Mhaighistir Alasdair. Bha e cuideachd a’ moladh chomasan sònraichte Mhurchaidh a thaobh cainnt agus rannaigheachd (MacGill-Eain 1985, 93–96, 210).⁶ Tha a’ chuid as

⁵ A rèir Ruaraidh MhicThòmais: ‘Murchadh Mòr observed only some of the rules’ ach, ‘a poem [mu Rìgh Teàrlach II] has something of the chiselled quality of good bardic verse’.

⁶ Thuirt MacGill-Eain: ‘it seems to me that the shorter phrases of Murchadh’s strophes with their ultimate stresses are finer rhythmically even than Iain Lom’s, which is saying much, but Iain Lom’s visual sensuousness is better, except for one or two touches where Murchadh seems to hit something beyond Iain Lom’s reach, something indicative of a greater personal knowledge and a more personal reaction’. Ann am beachd Mhic-Gill-Eain cuideachd bha ‘splendid lyrical abandon’ ri fhacinn ann an cainnt is rannaigheachd Mhurchaidh.

motha de na dàin a th' againn o Mhurchadh a' tighinn thugainn ann an cruinneachaidhean bho thaobh a-staigh tìr-mòr Shiorrachd Rois. Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, bha sia ann an LS MhicRath, 1688x93, ach chithear trì dàin eile (nach fhaicear idir ann an LS MhicRath) air bilean an t-sluaigh sìos gu ruige latha a' Chaiptein Alasdair MacMhathain às an Dòrnaidh, Taobh Siar Rois, a bha beò 1833–97, fear-cruinneachaidh eile de dhàin (McGuire 2001, 1, 4–6, 336, 340, 435; 2007). Is dòcha gu bheil saothair MhicRath agus MhicMhathain na samhla air dè na h-òrain a bha a' còrdadh ri daoine air tìr-mòr Shiorrachd Rois nan latha fhèin — no co-dhiù, dè a ghlac aire an luchd-sgrìobhaidh.

Ach bha dàin eile fhathast gan gabhail anns na h-eileanan (seach ann an tìr mòr Rois?) nach do nochd idir ann an LS MhicRath no LS Dhòrnaidh agus tha an dà dhàn air a bheil fòcas an seo, InaS agus CDG nam measg iad sin. Chruinnich Seumas MacLathagain na dhà seo (GUL, Sp Coll, MS Gen 1042/54 & 222), is math dh'fhaoidte, fhad 's a bha e a' gabhail turas air feadh nan eilean, 1774, mar a chì sinn gu h-ìosal — ged nach gabh seo a dhearbhadh. Chaidh cuideachd an dearbh dà dhàn seo fhoillseachadh an lùib a' *Chomb-Chruinneachaidh* de dh'òrain a rinn Raonull MacDomhnuill ann an Eilean Eige mun aon àm (MacDomhnuill 1776, 23–25, 185–187). Ged a tha na tionndaidhean de InaS (aig MacLathagain agus MacDomhnuill) gu math eu-coltach — tha an dà dhreach a bh' aca de CDG gu math faisg air a chèile, facal air an fhacal. Cha mhòr nach eil CDG anns an dà dhiofar thùs co-ionnan (12 rannan x 4 loidhne & ceangal): chan eil eadar-dhealachadh mòr sam bith eatarra agus is math dh'fhaoidte gu robh an luchd-sgrìobhaidh a' togail CDG bhon aon tùs (no ag èisteachd ris an aon seinneadar). 'S e cumha air a deagh chur ri chèile a th' ann an CDG, ann an cruth rannaigheachd deibhidhe, agus na sàr eisimpleir de 'chòd-molaidh' nam bàrd (Thomson 1989, 114–15; Newton 2006, 283–84; MacGill-Eain 1985, 206). A thuilleadh air an sin tha e cuideachd na samhla air an dàimh eadar Murchadh Mòr, Fear Aicheallaidh, agus teaghlach Dhòmhnail Ghuirn Òig Shlèite,

cuspair na cumha (tuilleadh mun cheangal seo eadar na teaghlaichean gu h-ìosal).

Tha InaS gu tur eadar-dhealaichte, ann an riochd-òrain ‘iorram’. B’ e seo gnè-òrain, saoilidh cuid, a bhathar a’ cleachdadh nuair a bhiodhte ag iomramh gus cuideachadh luchd-ràimh ann a bhith a’ slaodadh cheart còmhladh. Tha dearbhadh air an leithid de thuigse air a’ chleachdadh anns an ochdamh linn deug o ghrunn thùsan eachdraidheil. Bha meadrachd is cruth rannaigheachd an ‘Iorram’ seo ann an riochd ‘strophic’ trì-sreathach, le àireamh chunbhalach de lidean ann an gach sreath, is buille chinnteach a bha ga dhèanamh iomchaidh airson obair nan ràmh (Watson 1959, xlv–lii; Thomson 1989, 74, 115; Ó Baoill & Bateman 1994, 29–32; Newton 2000, 99; Ó Maolalaigh 2006, 232–239; Blankenhorn 2013a, 17; 2013b, 64–67; Campbell & Hamill 2023, 249–266).⁷ Tha fonn traidiseanta cuideachd ceangailte ri InaS agus chaidh an t-òran seo, 11 rannan, a sheinn agus a chlàradh leis an Urr. Uilleam MacMhathain (Matheson 1993; Ó Baoill & Bateman 1994, 149, 229).⁸ Chaidh grunn dreachan de InaS a dheasachadh is fhoillseachadh le luchd-deasachaidh is sgoilearan: le MacDomhnuill (1776, 185) anns a bheil 26 rannan; Mackenzie (1907, 427–28) anns a bheil 24 rannan; le Watson, (1959, 217) 24 rannan; agus nas fhaisge air an latha againn fhìn le Ó Baoill & Bateman (1994, 150–52), 19 rannan.

⁷ Tha sgoilearan eile air a bhith teagmhach mu bhrìgh an fhacail agus air ràdh nach eil ann an ‘iorram’ ach ainm airson gnè òrain — seach rud a bha ceangailte ri obair ràimh (Macinnes 1996, 13–15; Ó Maolalaigh 2006, 274–275). Taing don leughadair airson seo a chur air shùilean dhomh.

⁸ B’ ann bho Fraser (1816, àir. 98, 48) a thug Ó Baoill & Bateman am fonn. Thog fear-cruinneachaidh à Èirinn, Patrick Joyce (1827–1914) am fonn seo (“sí mo ghaol a lar dhonn”), cuideachd uaireigin mu thoiseach na ficheadamh linne, bho ‘Mr Jeffries’ ged nach eil an còrr fianais am follais mun tùs seo (Joyce àir. 778, 380). Mo thaing don Oll. Colm Ó Baoill airson na puing seo. Thog Uilleam MacMhathain facail InaS o leabhar Watson, *Bàrdachd Ghàidhlig*, agus am fonn o mhàthair is cuideachd o leabhar le Captain Fraser of Knockie (Matheson 1993). Chaidh InaS a chlàradh o chionn ghoirid leis an Dr Alasdair MacGilleBhàin le dreach ùr-nodha a thaobh ciùil ach a’ leantainn bunait MhicMhathain (Whyte, 2016).

Tùs	Air. de rannan
[McL] LS MhicLathagain (c. 1760x1780?), Leabharlann Oilthigh Ghlaschu.	18
[McD] LS MhicDhiarmid (c. 1770), Leabharlann Oilthigh Ghlaschu.	16
[McN A] LS MhicNeacail A (c. 1770), EUL, MS 3096.1 A.	19
[McN B] LS MhicNeacail B (c. 1770), EUL, MS 3096.1 B.	23
<i>Comb-Cbruinneachidh Orannaigh Gàidhealach le Raonuill MacDomhnuill ann 'n Eilean Eigg</i> (1776, 185–87).	26
<i>The History of Fends and Conflicts of the Clans</i> (1780, 132).	19
[SO] John Mackenzie, <i>Sàr Obair nam Bàrd Gàilach</i> (1865 & 1907, 427).	20
Gilleasbuig Meinne, <i>Co-chruinneacha do dh'Oran thaghta</i> (1870, 162).	26
Alexander Maclean-Sinclair, <i>Gaelic Bards, 1411 to 1715</i> (1890, 28–31).	26
Keith Macdonald, <i>The Gesto Collection of Highland Music</i> (1895, càrr-ràdh 18).	20
[BG] William J. Watson, <i>Bàrdachd Gàidhlig</i> (3 ^s deas. 1959, 217–19).	24
William Matheson, <i>Gaelic Bards and Minstrels</i> (1993).	11
[GnaC] Colm Ó Baoill & Meg Bateman, deas., <i>Gàir nan Clàrsach</i> (1994, 150–52).	19

Figear 1: InaS agus mar a chithear e ann am fianaisean nan LS is ann an clò, c. 1760–1994.

Chithear anns a' chlàr, gu h-àrd, gu bheil iomadh diofar tionndadh air an dàn. 'S ann a' leantainn dreach Raonuill MhicDomhnuill (1776) a tha gach tionndadh a th' ann an clò, ach deasachadh Ó Baoill & Bateman a-mhàin a tha a' leantainn LS MhicNeacail A. Cha leig na snaidhmeanan toinnte mu chruth an òrain agus mu cheanglaichean eadar na diofar thùsan cus dragh a dhèanamh dhuinn seach a bhith mothachail gu bheil an leithid ann (Èarr-ràdh 1). Faodar a ràdh gu robh fèill mhòr air InaS am measg dhaoine ann an diofar cheàrnaidhean den Ghàidhealtachd agus gu robh e air bilean luchd-seinn fad iomadh linn an dèidh bàs a' bhàird (c. 1685x88). Bha grunn rannan diofraichte de InaS gan togail le seinneadaran suas gu ruige na 1770an: chì sinn buaidh sin anns a' chiad chòig fianaisean sgrìobhte a tha againn mar thùsan-sgrìobhte an òrain — tùsan a thog seo, is cinnteach, o bheul-aithris, c. 1760–76

— is iad uile beagan diofraichte. Mar a bhios daonnan a’ tachairt, bidh cuid de sheinneadaran a’ fàgail corra rann às.⁹

Thachair sin cuideachd, mar a chì sinn le luchd-foillseachaidh a bha togail cuid de na rannan, 1780–1993, is a’ fàgail cuid de na rannan às. Air sàillibh saothair Ó Baoill agus MhicAmhlaigh, tha e furasta diofar thùsan a thrusadh agus coimeas a dheanamh eadar na diofar dhreachan agus tionndaidhean den òran (Ó Baoill & MacAulay 2001, 24). Lean a’ mhòrchuid de luchd-deasachaidh eagrachd Raonuill MhicDomhnuill (1776) mar a rinn Uilleam Watson ann am *Bàrdachd Ghàidhlig [BG]* le 26 rann. Tha dreach gu math eadar-dhealaichte, ge-tà, anns an deasachadh a rinn Ó Baoill & Bateman, *GnaC* (1994), a lean aon de làmh-sgrìobhainnean Dhòmhnail MhicNeacail (McN A), mar a chunnaic sinn gu h-àrd. Ach, ma chuireas sinn iad sin ri taobh a chèile chì sinn gu robh gach deasachadh le Watson (is càch) air aon làmh, is Ó Baoill & Bateman air an làmh eile, a’ cleachdadh diofar rannan. Le bhith a’ coimeas gach dreach, Watson is Ó Baoill & Bateman, taobh ri taobh — agus le bhith cur tuilleadh rannan a chaidh à cuimhne (a gheibhear o na Làmh-sgrìobhainnean tùsail, rannan nach deach a thogail le luchd-deasachaidh riamh roimhe) chithear gur dòcha gu bheil suas ri 36 rannan uile gu lèir anns an òran seo, InaS, no ‘InaS *max*’ (Eàrr-ràdh 1). Cha ghabh a ràdh idir gur e seo an dreach tùsail ach tha e soilleir

⁹ Tha cunnart ann air uairean gun tig rannan ‘ùra’ a thoirt a-steach an lùib òran a bhios tighinn beò tro bheul-aithris rè linntean: sin rann nach robh anns an dreach tùsail a chruthaich am bàrd — ged nach eil adhbhar sam bith againn bhith smaoinichadh gun do thachair sin an seo. A thuilleadh air sin, tha nas lugha na ceud bliadhna eadar bàs a’ bhàird, c. 1685x89, agus na dàin a bhith air an sgrìobhadh c. 1760 x1770an. Am beachd Iain MhicAonghais, agus e a’ meòrachadh mu thùsan-òrain Màiri nighean Alasdair Ruaidh agus dè an ìre gun gabhadh earbsa a chur anns na rannan aice-se: ‘the tradition itself, which not only is conservative enough but is also well represented in writing and at a sufficiently early date to warrant us treating it as if it were, in fact, a written tradition’ (Macinnes 1966, 4–5). Ann an òrain air an robh mòran daoine eòlach (mar a bhathar an seo le InaS), feumaidh gu bheil sin a cheart cho fìor mu dhàin Mhurchaidh Mhòir is a bha e mu òrain Màiri nighean Alasdair Ruaidh.

gur e dàin na b' fhaide a bha seo bho thùs an coimeas ris na chì sinn aig luchd-deasachaidh ann an clò.

Chan e seo an t-àite airson a bhith a' coimhead air obair agus modhan-obrachaidh an luchd-chruinneachaidh ann an doimhneachd sam bith.¹⁰ Ach a thaobh an dà dhàin seo le Murchadh Mòr, faodar a ràdh anns an dol seachad gur ann anns na h-eileanan seach tìr mòr Rois a bha InaS agus CDG gan seinn anns a' cheud bliadhna ri linn bàs a' bhàird — rud nach eil na annas leis gu bheil iad ceangailte ri Innse Gall. Bha an dreach as iomlaine de dh'InaS, mar a chithear ann an Eàrr-ràdh 1, anns na h-eileanan mu thuath aig MacDhòmhnaill (1776) ann an Eige. B' e dreachan na bu ghiorra de na h-òrain a thog luchd-cruinneachaidh a' chinn a deas, leithid Sheumais MhicLathagain, Dhòmhnaill MhicNeacail is Eòghainn MhicDiarmid, faisg air an aon àm (ged a tha dà rann no trì anns na dreachan o dheas nach eil aig càch). A thaobh brìgh, tha e inntinneach gu bheil dreach MhicDhòmhnaill (Eilean Eige) a' cumail grèim air tòrr a bharrachd de cho-theacs 'eileanach' — no Leòdhasach — dàin Mhurchaidh, agus mar a bha an Leòdhasach seo, Murchadh, a' dèanamh gàirdeachas mu bhith tilleadh dha eilean: 'Gu Innis an fhèidh, / Gu eirir an eisg'.¹¹ Tha rann eile anns an dàrna eagraan den leabhar *SO*, a tha a' cur an tuilleadh ris a' cho-theacs Leòdhasach seo, agus an rann seo a' moladh cuideachd a' bhàird agus a' dèanamh inneas air an fhàilte a bhiodh ron a' bhàrd, Murchadh Mòr, air dha tilleadh dhachaigh, 'Gu eilein nan tonn, / Nam ban àlluinn 's nan sonn / Bu mhileanta fonn mu bhòrd' (Mackenzie 1907, 427–28).

Chan eil e soilleir càite an do thog Iain MacCoinnich, *SO*, an rann eile seo. Faodaidh gur ann o bheul-aithris, ach chan urrainn

¹⁰ Airson tuilleadh fiosrachaidh, seallaibh Thomson 1995, 406–424. Tha cuideachd leabhar ùr air faire a chuireas tuilleadh solais air a' chuspair seo: Sim Innes & Geraldine Parsons (deas.), *James McLagan and his Manuscripts* (Scottish Gaelic Texts Society: Glasgow, ri thighinn).

¹¹ Nochdaidh earrannan bhon bhàrdachd anns an artaigil seo mar a tha iad anns na tùsan a chaidh a chleachdadh. Cha tèid ùrachadh a dhèanamh air an litreachadh.

dhuinn bhith cinnteach.¹² Faodaidh gu robh fios na bu mhionaidiche aig an t-seinneadar (no aig an t-seanchaidh) on deach an dreach seo a thogail mu cò a chruthaich an t-òran agus dè bu chiall dha leis gu robh iad ga chluinntinn, ga èisdeachd is ga ionnsachadh — ach chan eil na rudan sin cho soilleir dhuinne fhaicinn an-diugh. Mar a b' fhaide a bha InaS a' siubhal air falbh on t-suidheachadh anns an deach a chruthachadh, agus mar a b' fhaide a dh'fhalbh e o na daoine on tàinig e, thigeadh bleith air brìgh is co-theacsa an òrain, ga rèir, le cuid de rannan an òrain gan call rè nan linntean.

CUSPAIR 'TORRAM NA SGIUBAIREACHD'

Tha cion fiosrachaidh mionaideach air a bhith againn mu eachdraidh-beatha Mhurchaidh Mhòir, còigeamh Fear Aicheallaidh. Bha duine no dithis air an robh an t-ainm 'Murchadh MacCoinnich' ('Murdochus M^ckenzie') a bha a' frithealadh Oilthigh Obar Dheathain mun àm a bhiodh am bàrd againne aig aois frithealadh oilthighe, c. 1622–26, ach chan urrainn dhuinn a bhith cinnteach am b' e seo am bàrd againne (Anderson 1900, 8; 1898 II, 202). Fhuair e deagh fhoghlam (am Beurla is Laideann, shaoileamaid) co-dhiù, ge be càite, is chithear buaidh sin anns na tèman is cuspairean a nochdas na bhàrdachd is na chomasan an ceann a dhreuchd.¹³ Thathar air a bhith gu mòr an eisimeil a' chunntais ghoirid ann an

¹² Cha do nochd InaS ann an *SO* nuair a chaidh fhoillseachadh an toiseach ann an 1841. Nochd e anns an dàrna eagra, 1865 agus sna h-eagrain eile a lean sin. 'S e eagra 1907 a thèid a chleachadh an seo (leis gu bheil e ri làimh) airson cunbhalachd àireamhan-duilleige. Chaochail Iain MacCoinnich, an deasaiche ann an 1848, ach bha planaichean aig MacCoinnich gus dàrna eagrahd de *SO* a chur a-mach mus do chaochail e. Feumaidh gu robh InaS am measg nan dàn 'ùra' a nochd anns an dàrna eagra cho math ris na h-eagrain a lean sin. Tha InaS a' nochdadh air t.d. 389 den dàrna is den chòigeamh eagra, 1865 & 1882; ach t.d. 427 anns an t-seachdamh eagra (1907). Tha mi fada an comain an Oll. Colm Ó Baoill airson seo a chur air shùilean dhomh (Mackenzie 1877, 205–206. MacilleDhuibh 2006, 73–75).

¹³ Airson pàtran an foghlaim rè na linne seo seallaibh an earrann mu 'Eoin Fìnealta,' gu h-ìosal, agus na notaichean co-cheangailte ri sin.

SO (ged nach do nochd seo anns a' chiad eagra, 1841) na rò-ràdh do dh'InaS (Mackenzie 1907, 428):

The author of this piece [i.e. InaS] was Mr Murdoch Mckenzie of Aicheldy, in Ross-shire, a gentleman of high respectability. In the early part of his life he resided in the island of Lewis, occasionally going to sea, in a vessel of his own. [...] He happened to be in England with a drove of cattle, and not getting immediate sale, he was compelled to remain a considerable time. Being thus wholly unoccupied, he hired a gig [...] it was when thus employed that he composed his 'Làir Dhonn'. The air is by himself. He composed several other pieces of merit.

Le seo, bhathar a' coimhead air Murchadh mar fhear a bhiodh a' dol gu muir 'occasionally'.¹⁴ Tha an earrann seo gar mealladh gu ìre. Ged nach biodh an còrr fiosrachaidh ri làimh mu bheatha Mhurchaidh tha fianais na bàrdachd aige fhèin na shamhla air chan e a-mhàin a chomasan cainnt ach cho mion-eòlach 's a bha e air: 'loingeas', 'eithear', 'ochdramhach', 'curach', 'sguda', 'bàrca', 'corrbinneach', abairtean a tha nochdadh ann an dàin leis, agus e cuideachd, ri dibhearsan a' toirt 'iùbhrach' air deagh bhàta agus 'clàraibh corrach is i crìon' air long nach b' fhiach (Ó Baoill & Bateman 1994, 150–56). Nuair a bha Murchadh na ghille òg chaidh cùmhnant a dheanamh, 1628–31, eadar ceannard na fine, Cailean Ruadh MacCoinnich, Iarla Shiophoirt, agus marsantan Duitseach gum faodadh iad sin a thighinn a thadhal air Eilean Leòdhais le iomadh diofar sheòrsa shoitheach, no mar a theireadh iad ann an aon de na dlighean: 'ther scheinis, busschis, peinkis, or boots,' agus len cuid 'slopes, hearing buysses, pinckes, shaloupes' (NRS, GD

¹⁴ Tha Mackenzie cuideachd ag ràdh na leanas, 'Aftwards he became a cattle-dealer on an extensive scale, purchasing among the tenantry of that island, and exposing them for sale in the English market.' Ach le bhith ag ràdh nach deach e gu muir ach 'occasionally' chan fhaigh sinn sealladh coileanta air caitheamh-beatha Mhurchaidh Mhòir idir.

46/18/140/2; GD 46/20/Box 5; MacCoinnich 2015, 473, 478). Bhiodh Murchadh mion-eòlach air soithichean, chan ann a-mhàin le bhith ag amharc air luchd-tadhail ach cuideachd o chaitheamh-beatha athar, Alasdair mac Mhurchaidh, Fear Aicheallaidh, Siamarlan Eilean Leòdhais, c. 1611–34.

Is math dh'fhaoidte gun saoil sinn gur ann mu bhirlinn Ghàidhealach a bha Murchadh ag amharc le InaS, ach chan urrainn dhuinn a bhith cinnteach mu seo. Bha bìrlinnean is ochd-ràimhich bitheanta gu leòr ach bha Alasdair, athair Mhurchaidh, a' gabhail shoithichean Gallda air mhàl o cheannaichean ann an Arcaibh, Lite agus Yarmouth rè nan 1620an agus 1630an gus a bhith a' giùlan iasg Leòdhais chun nam margaidhean Gallda agus gus a bhith a' tarraing bathair air ais suas a Leòdhas agus feumaidh gun do lean Murchadh (a bha cuideachd an sàs ann am malairt) ri cleachdaidhean athar (NRS, AC 7/2, tdd 37, 62, 94, 355; NRS, RD 1/364/44; RD 1/384/253; RD 1/434/56; RD1/489/29).¹⁵ Le seo cha bhiodh e idir mì-choltach nam b' e bàrca no 'crear', bàta air choireigin ann an cruth 'Gallda' a bha anns an 'Làir Dhonn', soitheach Mhurchaidh, seach bìrlinn 'Ghàidhealach', mar a bhiomaid an dùil.

CUSPAIR 'CUMHA DHÒMHNAILL GHUIRM'

Bha Alasdair mac Mhurchaidh, Fear Aicheallaidh (athair Mhurchaidh am bàrd againne) cuideachd na bhàrd comasach ged nach eil lorg againn an-diugh ach air ceithir dàin leis (MacPhàrlain

¹⁵ Cùmhant, Lùnastal 1625, eadar Alasdair MacCoinnich, Fear Aicheallaidh, Siamarlan Leòdhais le Tòmas agus Mata Mowbray (Lite is Arcaibh) gus an soitheach aca, an *Good Fortoun*, a ghabhail air mhàl gus bathar a tharraing. Cùmhnant eile, 11/04/1628, eadar Alasdair MacCoinnich, fear Aicheallaidh gus soitheach An *Robert*, le Raibeart Henderson, Lite, a ghabhail air mhàl gus bathar a tharraing air ais is air adhart à Leòdhas is Lìte. Ghabh Alasdair soitheach eile, an *Jonet*, air mhàl bho Uilleam Sanderson ann an Arcaibh, Lùnastal 1630. Thug aon dlighe a thog Sanderson an aghaidh Fear Aicheallaidh ri linn seo iomradh air 'sindrie schips, barkis, crearis' — diofar sheòrsa soithichean lem biodh Fear Aicheallaidh ag obair. Bhathar a' fastadh grunn soithichean is sgiobaidhean Gallda gus a bhith a' giùlan bathar cuideachd rè an ama seo.

1923, 130, 132, 142, 156; Ó Baoill & MacAulay 2002, 22–23). Ghlèidh Alasdair mìrean talmhainn air tìr-mòr Rois ann an Aicheallaidh (mun cuairt air Inbhir Pheofharain) ach lean e a cheann-feadhna a-null a Leòdhas nuair a ghabh Clann Choinnich sealbh air an eilean, ann an 1610, agus b' e Alasdair a' chiad shiamarlan a bh' aig Clann Choinnich anns an eilean. Bha Alasdair mac Mhurchaidh, ceathramh Fear Aicheallaidh, cuideachd na fhorsair a' cumail smachd air an fhèidh ann am frith Leòdhais cho math ri bhith 'a' sgrìobhadh nan trosg' mar a theireadh e fhèin, no a' cumail cunntas air teachd-a-steach an iasgaich (MacCoinnich 2013, 140–41; 2015a, 241, 248–52). Bha e a' dèiligeadh ri marsantan Gallda, Duitseach agus Sasannach. Bha e comasach a thaobh sgrìobhadh anns a' Bheurla agus ann a bhith a' tarraing dhlighean-malairt anns a' chànan sin.¹⁶ Bha ceanglaichean làidir pearsanta aig Alasdair (rud a lean, is cinnteach, le Murchadh a mhac) ri 'Fìr Innse Gall', leithid ceannardan Shìl Tormoid, MacGilleChaluim Ratharsair, MacFhionghain agus Dòmhnallaich Shlèite (MacCoinnich 2013, 125–26, 132–33). Tha e soilleir gu robh Alasdair, chan ann a-mhàin, a' toirt luaidh air 'Fìr Innse Gall' na chuid bàrdachd, ach bha e cuideachd a' co-luadar riutha an ceann-gnothaich (MacCoinnich 2013: 139–47; 2015a, 214–217). Tha e gu math follaiseach gun do lean na ceanglaichean sin rè àm Mhurchaidh mar a chì sinn anns a' chumha eireachdail a rinn e do Dhòmhnall Gorm Òg nuair a chaochail Fear Shlèite ann an 1643.

Feumaidh gu robh am bàrd againne gu math eòlach air Dòmhnall Gorm Òg agus meas aige air. Faodaidh gu robh Dòmhnall Gorm Òg fhèin glè mheasail air a bhith 'ag èisteachd strì nam bàrd' mar a theireadh Iain Lom (*c.* 1625–*c.* 1707) ann an dàn-molaidh (Mackenzie 1964, 14–18). Rinn bàrd Chloinn Raghnaill, Cathal MacMhuirich (fl. 1625), cuideachd marbhrann do cheann-feadhna òg Shlèite (Black 1979, 332–33). Tha a' chumha seo le Fear

¹⁶ Faodaidh gur e Scots a bha daoine a' bruidhinn – nuair nach robh iad a' bruidhinn Gàidhlig. Ach b' e Beurla le blas Scotach a bha Albannaich is Gàidheil leithid Mhurchaidh agus a chomh-aoisean a' sgrìobhadh, seach Scots (Pons-Sanz & MacCoinnich 2018, 36).

Aicheallaidh, CDG, ag innse dhuinn mun ‘sgeula thàinig air tuinn’ agus gur ann leis a’ ghaoith a-deas ‘air chuan Sgithe’ a thàinig naidheachd bàis Fear Shlèite, suas a dh’ionnsaigh Mhurchaidh a bhiodh, is cinnteach, mu thuath air fearann nan Dòmhnallach — ann an Eilean Leòdhais (Watson 1959, 221–23). Faodaidh gun do lean dlùth cheanglaichean eadar teaghlaichean Aicheallaidh agus Shlèite anns an fhichead bliadhna a lean sin cuideachd. Ghabh Dòmhnall MacDòmhnail, Fear ‘Castleton’, bràthair Sir Seumas, Fear Shlèite (is mac do Dhòmhnall Gorm Òg a bh’ air ainmeachadh ann an cumha Mhurchaidh), suim airgid de 500 marg air iasad o Fhear Aicheallaidh ann an 1666 (NRS, SC34/19/1/2/159).¹⁷ Chan eil e cinnteach càit an deach an dlighe a dhèanamh ann an 1666, oir chan eil an t-àite air ainmeachadh, ach tha iomradh ann gu robh Murchadh MacCoinnich, còigeamh Fear Aicheallaidh, a’ fuireach aig ‘Sanct Colmes Isle’ (Eilean Chaluim Chille), an ceann a deas nan Loch ann an 1670 (NRS, SC34/19/1/195).¹⁸

Thug Iarla Shìophoirt cinn-cinnidh nan eilean, Fir Innse Gall (Fear Shlèite, Fear Dhùn Bheagain, Mac mhic Ailein, MacFhionghain an t-Sratha agus MacGilleChaluim Ratharsair), cruinn còmhladh ann an Caisteal Dhùn Tuilm, 19 Sultain 1628, gus meòrachadh mu chasg dhaoine on a bhith a’ losgadh air fèidh (‘the schuiting of deer’). Bha na h-uaislean a’ feuchainn ri sealg fhèidh a thoirmeasg don ghràisg (NRS, RD 1/408/389; Gregory & Skene 1847, 190–93). Leis gu robh Alasdair mac Mhurchaidh, ceathramh

¹⁷ Gu mì-fhortanach cha deach na fiachan seo a phàigheadh agus b’ fheudar do dh’Alasdair, mac Mhurchaidh Mhòir, a lean athair mar Fhear Aicheallaidh, a dhol gu lagh, ann an 1694, air an adhbhar sin gus airgead fhaighinn air ais o na Dòmhnallaich.

¹⁸ Tha an dlighe sin, cùmhnant eadar Murchadh MacCoinnich, còigeamh Fear Aicheallaidh agus a mhac Alasdair a’ cur ris an tuigse againn mun teaghlach agus cuideachd a’ tabhann co-theacsa airson òran eile, ‘Is Garbh a-nochd an Oidhch’ rim’ Thaobh’, le Murchadh (Ó Baoill & Bateman 1994, 154–57, 229). Tha an dlighe a’ toirt luaidh air Iseabail is ag ràdh (am Beurla) gur i Iseabail ‘bean gaolaich nach maireann Mhurchaidh, a’ chiad mhnaoi’. B’ e adhbhar na dlighe a bhith a’ buileachadh chòraichean fearainn air Alasdair, mac dligheach bu shine Mhurchaidh agus Iseabail.

Fear Aicheallaidh, na fhorsair ann an Eilean Leòdhais bhiodh gnothach aige ri seo — agus, leis mar a lean Murchadh athair na dhreuchdan, is math dh' fhaoidte gu robh an dithis aca an làthair (ged nach gabh sin a dhearbhadh) aig a' choinneimh seo mu shealg ann an Dùn Tuilm (MacCoinnich 2013, 143; 2015a, 234–35). Co-dhiù, tha e gu math soilleir na bhàrdachd gu robh Murchadh Mòr a' ceangal sealg fèidh ri bheachdan mu Eilean Leòdhais is e ga ainmeachadh (an InaS) mar 'Innis an fhèidh' ann an co-cheangal ri rannan mu bhith a' sealg (Eàrr-ràdh 1). Tha seo air a chomharrachadh air mapa Duitseach bho latha Fir Aicheallaidh (1635), far a bheil àite den ainm seo ga chomharrachadh ann an Sgìre nan Loch ann an Leòdhas mar 'Bailnesailg' no 'Baile na Seilge' — ainm-àite a tha air a dhol a-mach à cuimhne is cleachdadh o chionn fhada (Blaeu 1635).¹⁹

FIANAIS EACHDRAIDHEIL MU
MHURCHADH MÒR MAC MHC M HURCH AIDH

'S ann ann an co-theacsa obair athar ann an Leòdhas mar Shiamarlan Iarla Shìophoirt a tha a' chiad shealladh againn air Murchadh fhèin ann am pàipearan co-thimeil agus bha e na fhianais air dlighe a rinn athair ann an Steòrnabhagh, 1631, agus athair a' reic langa agus trosg, luach £1,700 gu ceannaichean Gallda (NRS, RD 1/445/71). Tha luaidh air Murchadh, is math dh' fhaoidte Murchadh againne, an lùib uaislean Chloinn MhicChoinnich a bha an sàs ann an diteadh bhana-bhuidsich ann an Steòrnabhagh, air an aon bhliadhna (MacCoinnich 2015, 243, n. 227). A rèir fianais na bàrdachd 's e duine diadhaidh a bh' ann am Murchadh Mòr agus chaidh còig dàin chràbhaidh leis a ghlèidheadh ann an LS MhicRath (MacPhàrlain 1923, 123, 125, 127, 129, 153; Fraser 1993, 76). Chithear gu robh e an sàs, co-dhiù aig aon àm, ann an gnothaichean

¹⁹ Shaoileamaid air a' chiad shealladh gu bheil ceangal eadar an t-ainm-àite seo o 1635, 'Bailnesailg' (Baile na Seilge?), air nach eil lorg an-diugh, agus an loch-mara, Loch Sealg / Ceann Loch Shealg (a chithear air mapa an OS de Sgìre nan Loch), ach chan eil fianais ann taobh seach taobh. Airson beachd air cruth nan ainm-àite, seallaibh Cox (2022, I, 42–46; II, 602).

Clèir Inbhir Pheofharain, 1650 (Mackay 1896, 223–24). Gu mì-fhortanach cha deach clàraidhean Clèir Leòdhais a ghlèidheadh on linn seo — ach shaoileamaid nan deach gun sealladh seo gu robh e an sàs ann an gnothaichean na h-eaglais anns an eilean cuideachd.

Bha iomradh air Murchadh, ‘the young chamerlane’, an co-cheangal ri cìsean an iasgaich ann an Leòdhas ann an 1632. Tha pàipearan eile a’ sealltainn gu robh e ag obair às leth athar ann a bhith a’ trusadh airgid o iasgairean Phabail anns an Rubha, 1634. Anns a’ bhliadhna sin thug na ceithir sgiobaidhean bhàta-iasgaich a bha stèidhichte ann am Pabail (an fheadhainn fo stiùireadh Fir Aicheallaidh) a-steach 16,000 langa agus trosg cho math ri sgadan (NRS, GD 188/31/Bundle 12; MacCoinnich 2015, 420–22). Bha gu leòr obair-iasgaich eile a’ dol anns an eilean cuideachd. Is beag an t-iongnadh gu bheil aon dreach de dhàn Mhurchaidh, InaS, a’ bruidhinn air ‘eirir an èisg’ (MacCoinnich 2015, 248).

Bha Murchadh a’ gabhail uallach de cheann-gnothaich athar rè nan 1630an, agus e ga ainmeachadh fhèin ann an dlighean mar Mhurchadh MacCoinnich, mac dligheach do dh’Alasdair MacCoinnich, Fear Aicheallaidh (‘Murdo Mackenzie, lauchfull sone to Alexander Mackenzie of Echiltie’) (NRS, RD 1/496/304; RD 1/528/37; RD1/530/164). Ann an aon bhann-cuidhteas mun àm seo, ann an 1637, cheannaich Murchadh fion, ‘ryt & gude wyne’, aig Lite o Walter Cant, bùirdasach o Dhùn Èideann (NRS, RD 1/530/164). Bha ceangal làidir eadar obair an iasgaich agus malairt na fiona. Tha seo ri fhaicinn ann am bàrdachd Mhurchaidh agus athar is an dithis aca toirt iomradh air fion nan cuid dàin. Bha Clann Choinnich, cosmhail ri luchd-malairt iasgaich eile ann an sgìrean fuara ceann a-tuath na h-Atlantaig (ann an Newfoundland is eile), ri iomlaid-malairt de leithid: iasg ga chur a-mach is fion ga thoirt a-steach (MacCoinnich 2015a, 250–51 & n. 250). Chaill Murchadh oifis na siamarlanachd ann an Leòdhas uaireigin tràth anns na 1640an, agus tha iomradh air Dòmhnall MacGilleBhàin (1643) agus an uair sin air Dòmhnall MacCoinnich, Fear Logaidh (1650), mar Shiamarlain ann an Leòdhas (MacCoinnich 2015, 229–30, 445 & n. 195). Is dòcha gur ann air adhbhar nam fiachan mòra a bh’ air Iarla

Shìophoirt, rè àm chogaidhean Theàrlaich, a thug an ceann-feadhna an dreuchd sin seachad do chàch.

Feumaidh gun tug na cogaidhean buaidh phearsanta air Murchadh — chaidh feachd a thogail le Sìophort ann an Leòdhas (is tìr-mòr) air an tàinig droch ruaig aig Blàr Allt Èireann, 1645, is iad a' sabaid às leth nan Cùmhnantach. Chan eil fianais sam bith againn mu Mhurchadh bhith an lùib na sabaid sin, ge-tà (ged a shaoleamaid gur dòcha gum biodh e an sàs ann).²⁰ Tha lorg air beachdan poileataigeach Mhurchaidh Mhòir ann an dà dhàn a chruthaich e, 1648–51. Bha a' chiad fhear dhiubh seo a' comharrachadh brathadh an Rìgh Teàrlach I leis na Cùmhnantaich — sin, mar a thrèig na h-Albannaich an cuid rìgh agus cuideachd an dòigh anns an do bhrath iad e — ga reic gu na Sasannaich ann an 1648 ('Crosanachd do rinneadh le Murchadh mac mhic Mhurchaidh san àm a reiceadh an Rìgh Teàrlach, anno 1648'). Bha an dàrna dàn a' gearan air fògradh an Rìgh Teàrlach II, c. 1651 ('Roinn eile leis san àm an d'fhògradh an dara Rìgh Teàrlach'), agus chaidh a ghlèidheadh ann an LS MhicRath (1688–93) (MacPhàrlain 1923, 119–24).

Ach 's ann mu làmh Mhurchaidh Mhòir ann am malairt as motha a tha fios againn anns na tùsan a chì sinn. Lean e, a rèir coltais, ri obair an fhèidh is an iasgaich ann an Leòdhas ged nach robh an aon inbhe aige a thaobh dreuchd siamarlain. Tha dà dhlighe ann, bho 1658 agus bho 1671, a' sealltainn Mhurchaidh a' pàigheadh suimean mòra airgid (7,000 marc & £900) mu choinneamh fiachan a' chinn-feadhna, Coinneach Mòr, Iarla Shìophoirt. Ged nach eil e ro shoilleir carson a bha na suimean seo nan uallach air Murchadh tha e sealltainn dhuinn gu robh e aig teis-meadhan obair Chloinn MhicChoinnich (NRS, GD 305/1/1/156/110; NRS, RD 4/7/284–85). 'S ann mu cheann-gnothaich le fear-lagha ann an Dùn Èideann,

²⁰ Bha Seòras Donn MacCoinnich, dàrna Iarla Shìophoirt, a' toirt taic do na Cùmhnantaich aig an àm seo. Thill e gu taobh an Rìgh an dèidh seo (mar a rinn mòran eile, fiù Iarla Mhontròis). Chaidh sgrìobhadh mòr a dheanamh air feachd Chloinn Choinnich le mòran air chall o Leòdhas is Siorrachd Rois. Bha cuimhne air Alasdair mac Colla, a thug buaidh aig latha Blàr Allt Èirinn mar 'Alasdair Odhair an Fheòlair' ann am beul-aithris Leòdhais (MacDonald & Morrison, 1975, 28–30; Stevenson 1994, 172–92, 194).

David Fearn, a tha an t-ìomradh as anmoiche againn mu Mhurchadh Mòr is e nise, ann an 1685, na bhodach. Seo litir bhuaithe na làimh fhèin, ann am Beurla, gu aon de chàirdean, Iain MacCoinnich, Dhail Mhìn, a bha na fhear-lagha ann an Dùn Èideann. Tha nota air cùlaibh na litreach (ann an làimh an fhir-lagha), ‘to me from Old Achilty’:

The 15 day of December, 1685

Honoured and affectionat cousing,

Please to knawe that I could not find occasion till now to send comodities to the south for clearing Mr Fearn's dept, q[uhi]ch I hath sent w[i]t[h] Malcomme M[acAu]lay who will, god willing, pay off that dept. I need not expostulat w[i]t[h] you to interpone your menin[g]e to get it off as ex[press]ly as you can sie, trusting that will not faile heirin, and wishing you all h[e]alth and hapiness, I continow,

Your affectionat cosing and servant,

Mu[rdoch] Mckenzie (NLS, MS 1315, fol. 1).

Ged a tha mòran den cho-theacsa air chleith bhuainn tha e soilleir on litir seo o Fhear Aicheallaidh gu cho-ogha – am fear-lagha – gu robh Murchadh Mòr fhathast an ceann-gnothaich na sheann aois, is e a’ cur bathair (‘comodities’) gu deas gus a bhith a’ pàigheadh fiachan (‘dept’). Chithear gu robh Iain MacCoinnich, Fear Dhail Mhìn, ga chuideachadh le taobh an lagha den cho-luadar choimearsalta.²¹ Feumaidh gur e am ‘Mr Fearn’ seo, an t-aon ‘Mr

²¹ Chithear dearbhadh eile air a’ cheangal ceann-gnothaich eadar Murchadh Mòr agus Fear Dhail Mhìn ann an litir (NLS, MS 1102/17) bho Uilleam Couper, ann an Steòrnabhagh, 28 Dùbhlachd 1685, gu ‘John McKenzie of Delvine,’ leis an naidheachd a leanas:

Honoured sir,

David Ffearne, writer in Edinburgh' dhan tug Murchadh Mòr bann-cuidhteas airson suim airgid (nach deach ainmeachadh san dlighe), 19 An t-Ògmhios 1683 (NRS, RD 4/58/312).²²

EACHDRAIDH-THEAGHLAICH A' BHÀIRD AGUS CEANGLAICHEAN
ANN AN EILEAN LEÒDHAIS

Bha eachdraidh-theaghlaich Chloinn MhicChoinnich, le Alasdair MacCoinnich (1894), ag ràdh gu robh Murchadh Mòr, còigeamh Fear Aicheallaidh, pòsta trì uairean: le Iseabail, nighean do dh'Eachann mac Alasdair Ruaidh 'ic Eachainn Chaim 'ic Eachainn Ruaidh, ceathramh Fear Gheàrrloch aige mar chiad mhnaoi. Phòs Alasdair nighean Fhìr Farabhraoin mar dhàrna bean agus an uair sin, mu dheireadh, gun do ghabh e Iseabail NicChoinnich, nighean Alasdair còigeamh Fear Gheàrrloch (is an dàrna Iseabail seo na bantrach do Chailean MacChoinnich, Fear Tharbhaidh) mar

Please know th[a]t Murdo Mckenzie of Aichaltie [Achilty] hes shipped aboard off Malcolm MacAuley his ship goods for paying th[a]t money he is debtor to Mr Fearn (& Belmaduthie [as his cau[tione]r). He hes to answer you the money att a call & to gett up his peapers with all the executions that have passed upon them and he expectss ye will deall with Mr Fearn to be as favourable to him in the matter as ye can ffor he thinks he hes litle ffor th[a]t money when he payes it. I have no fforther to add at this preresnt but my humble service remembred to your self & ladie,

And that I am, sir, your very humble and readie servant,

W. Couper.

²² Ged a b' e fear-lagha ann an Dùn Èideann a bh' ann an David Fearne, bha ceangal aige ri Siorrachd Rois. Cheumnaich e, MA, Oilthigh Dhùn Èideann (1680) chaidh inbhe tagraiche (*advocate*) a bhuileachadh air ann an 1690, agus bha e ri obair lagha gus an deach e o fheum le droch shlàinte, c. 1723. Chaochail Fearne ann an 1730. Tha clàraidhean Dàmh nan Tagraichean (*Faculty of Advocates*) ag ràdh gu robh e ceangailt ri 'Pitalzean' (Baile a' Choillein), taobh sear Rois agus ri *commisariat* (roinn-cùirt) Shiorrachd Rois, sgìre Ghàidhealach. Le seo, faodaidh gur e Gàidheal a bh' ann am Fearn seo cuideachd (Laing 1858, 116; Grant 1944, 69; Pinkerton 1976–80 I, 27; II, 37–39, 45, 47, 55, 62, 67, 89; McGill 1909, 780).

thritheamh mhnaoi (Mackenzie 1894, 506–07). A rèir na h-eachdraidh-theaghlaich seo (1894) b' e aon mhac is aon nighean uireas chloinne a bh' aig Murchadh Mòr - agus b' ann on dàra pòsadh a bha iad seo (Mackenzie 1894, 506–07). Ach le bhith a' coimhead air grunn seann tùsan 'ùra' mar a bhathar gu h-àrd, agus gu h-ìosal, chithear nach robh an cunntas traidiseanta seo buileach ceart agus gun gabh fiosrachadh nas mionaidiche a chur an cèill mu theaghlach agus ceanglaichean-teaghlaich Mhurchaidh (seallaibh cuideachd, Eàrr-ràdh 2).

Chaidh pàipear a dheanamh ann an 1670 far an do roghnaich Murchadh Mòr gum biodh Alasdair, am mac dligheach a bu shine ('eldest lau[chfu]ll sone'), na oighre is e a' dèanamh teisteanas laghail a' taghadh Alasdair mar fhear a thigeadh a-steach air a chuid agus a' cheann-gnothaich nuair a thigeadh àm a bhàis (NRS, SC 34/19/1/1, fol. 195). Tha an dlighe seo cuideachd ag ainmeachadh a' chiad mhnaoi, màthair a' bhalaich, mar: 'the deceist Issobel Mckenzie, my ffirst spous' (Iseabail nach maireann, a chiad bhean), rud a tha a' togail ceist mun chunntas ann an sloinntearachd/eachdraidh thraidiseanta a' chinnidh (paragraf gu h-àrd).²³ Tha an dlighe cuideachd a' bruidhinn air tè Iseabail NicCoinnich (banntarach Chailein MhicChoinnich Fear Tharbhaidh, nach maireann) a bha anis mar mhnaoi Mhurchaidh Mhòir ('Issobell McKenzie, my present spouse'). Chaidh an dlighe seo, ag ainmeachadh a mhic, Alasdair, mar oighre, a sgrìobhadh aig taigh Mhurchaidh Mhòir ann an Eilean Chalum Chille, Sgìre nan Loch ann an Leòdhas, 28 Lùnastal 1670, le dithis mar fhianais air, Mgr Coinneach MhicGhilleMhoire, ministear Steòrnabhaigh, agus 'Mr Johne Mckenzie, sone lauchfull to Murdo Mckenzie of Achiltie' (Mgr Iain MacCoinnich, mac dligheach [eile] do Mhurchadh Mòr).²⁴

²³ Tha traidisean ann gun do chruthaich Murchadh dàn, 'Is Garbh a-nochd an Oidhch' rim' Thaobh' fhad 's a bha e na bhanntarach agus mus do rinn e pòsadh às ùr (Ó Baoill & Bateman 1994: 154–56). Ma tha an traidisean sin ceart chaidh an t-òran a dhèanamh mus do phòs e a-rithist: uaireigin goirid ro 1670.

²⁴ Cha robh ach grunn bheag air an robh an t-ainm seo, Johannes Mckeinzie (Iain MacCoinnich/John Mackenzie), a choisinn ceum MA san aimsir ud,

Tha e soilleir, le seo, gu bheil tuilleadh fiosrachaidh mionaideach ann mun teaghlach nach robh aig seann luchd-eachdraidh (is luchd-sloinntearachd) a' chinnidh. Agus chan e sin amhàin ach bha co-dhiù dà bhalach eile aig Murchadh Mòr. Lorg an t-Urr. Uilleam MacMhathain gu robh mac do Mhurchadh Mòr air an robh Dòmhnall Ruadh MacCoinnich air àrach mar dhalta cuide ri cuspair an rainn mu dheireadh ann an InaS: Eoin 'finealta' MacGilleMhoire, Fear-Taca Bhradhagair, ann an Taobh Siar Leòdhais (Matheson 1970, 227. Tuilleadh mu seo gu h-ìosal).

Tha iomradh air dlighe eile ann an 1694 a chaidh a tharraing le Alasdair, siathamh Fear Aicheallaidh, mac Mhurchaidh Mhòir an dèidh bàs athar. Seo dlighe mu fhiachan airgid de 500 marg a bha Dòmhnall, bràthair Fear Shlèite, air a ghabhail air iasad o Fhear Aicheallaidh ann an 1666 agus nach robh e air a phàigheadh air ais do Fhear Aicheallaidh mar bu chòir. Chaidh pàipearan mu seo a chlàradh sa chùirt aig a' Chananaich is Alasdair (mac Mhurchaidh), siathamh Fear Aicheallaidh, a-nis, 1694, a' fuireach ann an Eilean Chaluim Chille ('indweller in the Sanctorins Isle wthin the Island of the Lewis'). Ged nach eil an dlighe fhèin cho intinneach ri sin tha fiosrachadh luachmhor ann mu theaghlach Mhurchaidh. Nuair a chlàraich Murchach Mòr an dlighe aig a' Chananaich bha aon eile de bhràithrean, dam b' ainm Murchadh, mar fhianais dhan phàipear (NRS, SC 34/19/1/2, fol. 159v; seallaibh Eàrr-ràdh 2).

Tha seo uile caran toinnte a thaobh sloinntearachd. Ach 's e as adhbhar gun fhiach sùil a thoirt air gun tuirteachdraidhean traidiseanta Chloinn Choinnich (1894) nach robh ach aon mhac agus

goirid ro 1670. Faodar tuairmeis a thoirt gur e seo am fear a bha air a chlàradh mar oileanach, 1664 agus a cheumnaich le MA o Cholaiste an Rìgh, Obar Dheathain, 1670. Bha e na mhinisteir an dèidh sin ann an Cunndainn, 1674 agus an uair sin ann an Loch Bhraoin bho 1683 gu ruige 1716x24. An dùil am b' e Mgr Iain seo mac do Mhurchadh Mòr, Fear Aicheallaidh? Bha Mgr Coinneach Moireasdan, an neach-fianais eile don dlighe, cuideachd air a bhith na oileanach ann an Obar Dheathain, beagan air thoiseach air Iain MacCoinnich: chlàraich Mgr Coinneach aig an Oilthigh ann an 1663 is cheumnaich e ann an 1668 (Scott 1927, 30, 157; Anderson 1900, 26–28; Anderson 1893, 202–03).

aon nighean aig a’ bhàrd. Chithear on fhianais ùir seo, ge-tà, gu robh co-dhiù ceathrar mhac: Alasdair, Iain, Murchadh agus Dòmhnall, aig a’ bhàrd (Eàrr-ràdh 2). Faodaidh gu robh cuid mhath dhiubh seo a’ fuireach ann an Eilean Leòdhais. Bha smuaintean mu theaghlach ri fhaicinn anns a’ chumha thiamhaidh a rinn Murchadh Mòr dha aon de oghaichean, balach a chailleadh le aon de mhic Mhurchaidh Mhòir, a chaochail is gun e ach na ghille glè òg ‘Cumha dha ogha, le Murchadh Mòr MacCoinnich, mac mhic Mhurchaidh, Fear Aicheallaidh’ (Matheson 1969, 161–62; McGuire 2001, 336–38).

Chan e a-mhàin gun gabh dealbh fada nas iomlaine agus nas cinntiche a tharraing de phòsaidhean is de chloinn a’ bhàird na bh’ againne roimhe, ach faodar an tuilleadh a ràdh cuideachd mu bhràithrean is piuthar Mhurchaidh Mhòir ann an Leòdhas. Tha seo soilleir o chùmhnannt pòsaidh a chaidh a dhèanamh ann an Steòrnabhagh, 2 An Cèitean 1655, far an do ghabh Murchadh Mòr, a bhràthair Iain a bha stèidhichte ann an Sgìre na Pàirce (Leòdhas), a bhràthair eile Tòmas ann an Garrabost (Leòdhas), uile uallach airson tochradh an cuid peathar, Flòraidh, nuair a phòs i Donnchadh MacÌomhair ann an ‘Lanishader’ (Lèinisiadar sgìre Ùig, Leòdhais?). B’ e bràthair do fhear taca eile, Iain MacÌomhair an Tolastadh a bh’ anns an Donnchadh seo (NRS, SC 34/19/1/94). Le bhith a’ cur beagan tùsan eile ri seo — na th’ anns an alt seo agus a chithear ann an àiteachan eile (MacCoinnich 2013, 2015) — gabhaidh dealbh beagan nas iomlaine a tharraing de chraobh-theaghlaich Mhurchaidh (seallaibh Eàrr-ràdh 2, gu h-ìosal). Bha e mar sheòrsa de phoileasaidh, is math dh’fhaoidte, aig Iarlan Shìophoirt a bhith a’ ceangal fearainn ‘ùr’ Eilean Leòdhais (nach d’ fhuair iad gu 1610) ris an t-seann oighreachd aca air tìr-mòr Shiorrachd Rois le bhith a’ buileachadh roinnean fearainn gu math tric do theaghlaichean air gach taobh den Chuan Sgìth rè na seachdamh linn deug. Bha dàimhean-càirdeis aig teaghlaichean leithid sliochd Aicheallaidh agus daoine leithid Eoin ‘finealta’ MhicGhillemhòire (rann mu dheireadh ann an InaS) bunaiteach do lìonraidhean cumhachd Chloinn MhicChoinnich agus gus a bhith filleadh Eilean Leòdhais a-steach a dh’oighreachd nan Sìophortach (MacCoinnich 2015a, 224–27;

MacCoinnich 2015b, 64–65). Leis gu robh teaghlaichean mòra ann, le iomadach ceangal pòsaidh is càirdeis thar nan linntean, faodaidh gu bheil mòran Leòdhasach san latha an-diugh anns a bheil beagan de DNA bàird Aicheallaidh gun fhiosta dhaibh.

Tha fianais againn o ghrunn phàipearan anns na tasglannan gu robh tacan fearainn air tìr-mòr Rois, mun cuairt air Aicheallaidh, Tarbhaidh (faisg air Inbhir Pheofharain) is mìrean fearainn ann an Loch Bhraoin aig Murchadh Mòr eadar meadhan na seachdamh linn deug agus àm a bhàis, uaireigin aig deireadh nan 1680an (NRS, GD 305/1/162/271 & 384; NRS, RS 38/4/228; RS 38/5/214. BL, Add Ch. 61798). Chùm an teaghlach greim air pìosan fearainn ann an taobh siar Rois fada an dèidh bàs Mhurchaidh (Bangor-Jones 1994, 100–02). Ach a dh’aindeoin sin, tha e soilleir (mar a chaidh a mhineachadh gu h-àrd) gur ann ann an Eilean Leòdhais a bha an teaghlach stèidhichte anns a’ mhòr-chuid, eadar dàimhean teaghlaich agus càirdeas cho math ri ceann-gnothaich. Lean sliochd Mhurchaidh Mhòir ann an Sgìre nan Loch, taobh ear-dheas Leòdhais, iomadh linn an dèidh sin. Chithear gu robh buill de shliochd Mhurchaidh fhathast a’ cumail thacan is mìrean fearainn ann an Sgìre nan Loch gu ruige meadhan na h-ochdamh linn deug, nuair a thòisich Clann MhicChoinnich, mar a h-uile fine eile, a’ fàs lag agus àrd-uachdarain na fine (mar a bha na fineachan uile ri linn 1746) a’ cur cùlaibh air dàimhean teaghlaich air adhbharan coimearsalta (Robson 2011, 33–34, 36–38; Macinnes 1996, 210–11). Chithear boillsgeadh de seo ann an litir o Mhurchadh, seachdamh Fear Aicheallaidh (is fear-taca Chrò Mòr is Eilean Chaluim Chille ann an Sgìre nan Loch), ogha Mhurchaidh Mhòir ann an 1752, far am faic sinn gu robh Sìophort a’ togail irean a’ mhàil ùir gun diù sam bith do na seann dàimhean. Bha ogha Mhurchaidh Mhòir ag ràdh:

I have a house in Stornoway which is the first stone ever was laid by a Mackenzie in the Lewes. My prediccursors paid very dear for the propertie of it. Ther was no rent ever payed or asked for it &

my forefathers and I have been in possession more than 150 years (NLS, MS 1315, fol. 9).²⁵

Tha an litir seo na sùileachan dhuinn air deireadh ‘siostam nam fineachan’ ri linn Bliadhna Theàrlaich agus air nàdar a’ cheangal-teaghlach a bha air a bhith aig teaghlach Aicheallaidh ri Eilean Leòdhais rè ceud agus caogad bliadhna. A rèir coltais chùm ceannardan an teaghlach taigh chan ann a-mhàin ann an Aicheallaidh, shaoileamaid, agus ann an Eilean Chaluim Chille an Sgìre nan Loch ach cuideachd ann am baile Steòrnabhaigh. Bha pìos mòr fearainn (720 slat-ceàrnagach) aig teaghlach Aicheallaidh ann an teis-meadhan a’ bhaile air a’ Mhol a Tuath (eadar sin agus Sràid Choinnich) a reic Cailean, ochdamh Fear Aicheallaidh, ann an 1775 — fearann a bha air a bhith aig an teaghlach, is math dh’fhaoidte, o latha Mhurchaidh Mhòir is athar, tràth san t-seachdamh linn deug (NRS, GD 427/227/5).²⁶ Lean an ceangal eadar teaghlach

²⁵ Chaidh màl (*feu duty*) £8 gach bliadhna a chur air na pìosan fearainn a bh’ aig Fear Aicheallaidh ann an Steòrnabhagh eadar an t-àm seo, 1752, agus nuair a reic iad e, 1775 (NRS GD 427/227/7).

²⁶ ‘S e pìos mòr fearainn agus grunn taighean a bh’ aig teaghlach Aicheallaidh ann an Steòrnabhagh: ‘from the north bank on the north beach along the south side of Fortrose Street to Kenneth Street: forty six yards; from thence southwards along the lower side of Kenneth Street fifteen yards, and from thence, northward along the said bank, sixteen yards. Containing in whole seven hundred and twenty square yards’. Bha iad ga leigeil a-mach air mhàl mus deach a reic. Chan eil lorg air ‘Fortrose Street’ anns a’ bhaile an-diugh, rud a tha ga fhàgail doirbh a mhineachadh càit an robh seo le cinnt. Ach, tha ‘North Beach’ (Mol a Tuath) agus ‘Kenneth Street’ (Sràid Choinnich) far an robh iad a-riamh. Feumaidh gur ann an àiteigin air a’ Mhol a Tuath a bha e agus gu robh pàirt dheth sineadh suas taobh Sràid Choinnich a’ gabhail a-steach pàirt de far a bheil ‘Cromwell Street’ (Sràid Chrombail) an-diugh. Chaidh seo a reic ri Murchadh MacCoinnich ‘junior’, bha na cheannaiche, airson £113, 11s, 7d, anns an Fhaoilleach 1775 — ach is dòcha gur ann air mhorgaids no gus airgead a thogail a bha e, oir fhuair Cailean, Fear Aicheallaidh, am fearann seo air ais san Lùnastal air an aon bhliadhna (NRS, GD 427/227/7; NRS, RS 38/13/250). Ach chaidh Cailean, ochdamh Fear Aicheallaidh, dhan arm ann an 1779. Bha e ag iarraidh feachd a thogail ann an Leòdhas, rud a bhiodh furasta dha (na bheachd fhèin) air sàillibh a dhàimh ri

Aicheallaidh is Sgìre nan Loch (mar fhir-taca is forsairean) gus an do chaill iad sealbh air Eilean Chaluim Chille agus na bailtean-fearainn mun cuairt eadar 1752 agus 1754, le Siophort ga thoirt air mhàl (nas daoire?) do thuathanach eile, Dòmhnall MacMacNèill (Robson 2011, 23, 34; Lawson 2007, 95).

Ach, tha an dòigh anns an robh Murchadh Mòr, am bàrd againne (agus Clann MhicChoinnich anns an fharsaingeachd), a' togail dàimh-chàirdeis ann an Leòdhas, *c.* 1610–1750, soilleir chan ann a-mhàin tro cheanglaichean-fala teaghlaich (gu h-àrd agus gu h-ìosal, seallaibh a' chraobh-theaghlaich, Eàrr-ràdh 2) ach cuideachd na bhàrdachd agus tha seo gu math follaiseach ann an InaS. Tha an dàn seo a' moladh na dàimh a bh' aig Murchadh Mòr ri Eilean Leòdhais a thaobh sealg-fèidh agus iasgach. Tha rannagheachd ghrinn InaS, no an 'Làir Dhonn' a bha ga ghiùlan a Leòdhas, a' cur air shùilean dhuinn chan e a-mhàin a thlachd na bhàta agus sa mhuir ach cuideachd na daoine ris an coinnicheadh e ann an Leòdhas, is e a' dùnadh an òrain le bhith a' moladh, 'Ceòl fìdhle nar cluais / o'n Eoin fhinealta shuairc / O'm bu mhiste cuir dhuan air falbh'.

Faodaidh gum b' ann air Eoin, no Iain, fear taca na Pàirce a bh' ann an Leòdhas, bràthair Mhurchaidh Mhòir a bha seo a' toirt iomradh. Ach bhiodh e tòrr na bu choltaiche gur ann air Iain MacGilleMhoire (*c.* 1630–1708), Fear-taca Bhradhagair, duine anabarrach comasach, agus athair a' bhàird ainmeil, Ruairidh MacGilleMhoire, An Clàrsair Dall, a tha seo a' bruidhinn, rud a chaidh a mhìneachadh leis an Urr. Uilleam MacMhathain (Matheson 1970: xxxviii–xli, 206–09). Bha MacMhathain ag ràdh gun deach Dòmhnall Ruadh, mac Mhurchaidh Mhòr, àrach mar dhalta ann an taigh MhicGilleMhoire ann am Bradhagair. B' e cleachdadh a bha bitheanta am measg nam fineachan a bha seo mar dhòigh air càirdeas a thogail (MacMhathain 1970, 206, 227; MacDonald & Morrison 1975, 214–16; MacCoinnich 2010).

muintir an eilcin. Bhathar a' bruidhinn, ann an 1787, air 'the house lately bought from Achilty' le greusaiche, Seòras MacCoinnich (NRS, GD 427/220/14 & 427/305/1). Airson cruth eachdraidheil a' bhaile faic cuideachd Dennison & Coleman (1997: 43–54, 69–71).

Chì sinn boillsgeadh beag dhen dithis seo agus an t-àite a bh' aca ann an Leòdhas taobh a-staigh oighreachd Shìophoirt nuair a chaidh rannsachadh a chur air dòigh a thaobh fiachan Barabal Fhoirbeis, Ban-Iarla Shìophoirt, aig Steòrnabhagh ann an 1668. Chuir an luchd-rannsachaidh a bha a' sireadh nam fiachan (Alasdair MacCoinnich Fear Redcastle agus Cailean MacCoinnich a' Chùil às leth Siorraidh Rois) ceist air na daoine a b' àirde an cliù air tuath Leòdhais ('famous persones & witnesses off the countrey men who should best know the veritie off the matter') mu dè dha-riribh an teachd a-steach a bh' aig a' Bhan-iarla o mhàl bhailtean Leòdhais. Nochd ochdnar dhaoine le cliù is inbhe, no 'famous persones' mar a theireas an dlighe, a thabhainn fianais dhan choimisean seo. Aig an ceann bha 'Murdo McKenzie off Achiltie, John Morison in Bragar'.²⁷ Tha e soilleir o seo gu robh Murchadh Mòr agus Iain MacGilleMhoire aig meadhan obair na h-oighreachd air an eilean.

Eoin Finealta: Iain MacGilleMhoire, Fear Bhradbagair?

Tha fhios againn cuideachd gum b' e am MacGilleMhoire seo, caraid Mhurchaidh Mhòir, a sgrìobh cunntas, c. 1680, a bha a' mìneachadh mar a bha cùisean air an eilean. Cunntas mionaideach, lèirsinneach a bh' ann an seo a bha, ann am beachd aon sgoileir, na mhapa-roisg ('prose map') dhen eilean (Maciver 1989, 23–31). Leis gu bheil sinn a' meòrachadh mu bhàrd, bàrdachd Ghàidhlig agus na diofar thùsan sgrìobhte is fhiach a bhith mothachail air dè bh' aig Iain

²⁷ Dh'innis an luchd-fianais, 'Murdo Mckenzie of Achiltie, John Morison in Bragar, John McEiver in Tolista, Murdow McCoull in Arnish, Alexr McEiver in Coll, John Clerk in Kirkibost, Jon Adamson in Shabost, Johne mc Col Wayne officer of Cladach & severall others', dhan luchd-rannsachaidh gu robh Barabal Foirbeis, Ban-Iarla Shìophoirt, a' tarraing màil ann am min o bhailtean Shiaboist, Àrnoil, Barabhas Iarach, Siadar Iarach agus an dà Ghabhsann mu choinneamh an 'cess' (cìsean air teachd-a-steach on tìr). Bha a' Bhan-Iarla togail airgid eile mu choinneamh 'stents' (cìsean na h-oighreachd) o 'the parochin of Loches, Uig & Cladach & the two Galsones within the parish of Nesse.' Bha an aithisg seo air a h-ullachadh ann an Steòrnabhagh, 10 An Gearran 1668 (HAC, D1479/58).

MacGilleMhoire ri ràdh mu chleachdaidhean sgrìobhaidh dhaoine uasail (no ‘gentlemen’) Leòdhais is Siorrachd Rois ri latha fhèin:

The people, formerly inclined to rudeness and barbarity are reduced to civility, much understanding and knowledge by the flourishing schooll planted and maintained by the said Earls all the tyme in the toun of Stornuway. And not onlie the people of the Lews but also the adjacent Isles. The gentlemen’s sons and daughters are bred in that schooll to the great good and comfort of the people: so that there are few families but at least the maister can read and write. I do remember in my own tyme that there was not three in all the countrie that knew A. b. by A. Bible’ (Mitchell 1907 II, 215).

Bha sgrìobhadair na h-earrainn seo na bhàrd comasach a bha a’ cur rannan ri chèile ann an Gàidhlig agus lean iomadh rabhd agus abairt annasach leis air bilean an t-sluaigh fad iomadh linn (Matheson 1970, 209–22). Ach, biodh sin mar a bhiodh e, saoilidh sinn bhon a’ chunntas Bheurla seo, gu h-àrd, gum b’ ann air foghlam-sgoile na Beurla a bha ‘Eoin finealta’ (agus a chomh-aoisean ann an Leòdhas is tìr-mòr Rois, leithid Mhurchaidh Mhòir agus Dhonnchadh MhicRath) a’ cur luach. A rèir faclan Eoin fhèin, b’ e leughadh agus sgrìobhadh (no ‘read and write’ mar a theireadh esan) a bha cudromach — agus b’ ann anns a’ Bheurla bha seo seach anns a’ Ghàidhlig.²⁸ Faodaidh gu bheil leithid de phàtran na fhuasgladh, gu ìre, air an dòigh-litreachaidh annasach Bheurla a chaidh a chleachdadh gus Gàidhlig a sgrìobhadh ann an LS MhicRath, anns a bheil cuid de dhàin Mhurchaidh Mhòir air an glèidheadh. Tha fhios againn o leabhar Mhàrtainn MhicGhilleMhàrtainn (c. 1695) gu robh sgoil ann an Steòrnabhagh a bha a’ cumail foghlam Beurla agus Laideann ris a’ chloinn (co-dhiù ri cloinn nan daoine a bu

²⁸ Airson foghlam ann an Innse Gall rè na seachdamh linn deug, seallaibh MacKinnon 1938; Withrington 1986; MacCoinnich 2022, 134–36, 164 aig nota 54.

shaidhbhir) (Martin 1999, 30). Cha bhiodh àite ann dhan Ghàidhlig ann an sgoil leithid sin — agus sin am pàtran foghlaim a bha stèidhichte chan ann an Leòdhas a-mhàin, ach air feadh a’ chinn a tuath. Bhathar a’ cur meas air a’ Ghàidhlig airson bàrdachd agus seanchas ach bhathar a’ conaltradh anns a’ Bheurla nam biodhte an ceann-gnothaich agus airson rudan ‘cudromach’ (seo a rèir fianais nan sgrìobhainnean). Sin a dh’fhàg gu robh leithid Mhurchaidh Mhòir (is a chomh-aoisean, Iain agus, is cinnteach, Donnchadh MacRath) cho comasach air sgrìobhadh na Beurla. Chuir ‘Eoin finealta’ seo, Iain MacGhilleMhoire, Fear Bhradhagair, litir eile a dh’ionnsaigh Mhgr Ailein MhicGilleMhoire, a cho-ogha ann an 1700, a bha a’ mìneachadh chleachdaidhean-creideimh Sgìre Nis: litir eadar dà Ghàidheal le sàr Ghàidhlig ach sgrìobhte ann am Beurla phongail (Stiùbhart 2006, 219).²⁹

Eilean Chaluim Chille

Mar a chunnaic sinn gu h-àrd, tha fianais chinnteach eachdraidheil (ann am Beurla) ann a tha a’ dearbhadh dhuinn gu robh am bàrd againne, Murchadh Mòr, a’ còmhnaidh air Eilean Chaluim Chille ann an 1674. Tha e soilleir gu robh a mhac, Alasdair, ann às a dhèidh ann an 1694 agus gun do lean ceangal aig an teaghlach ris an eilean gu math fada anns an ochdamh linn deug cuideachd (NRS, SC 34/19/1/1, fol. 195; NRS, SC 34/19/1/2, fol. 159v; Robson 2011, 33–38). Bha dàimh làidir aig sàr-bhàrd Gàidhealach na ficheadamh linn, Ruaraidh MacThòmais, ris an sgìre mun cuairt air Eilean Chaluim Chille cuideachd. B’ ann o Cheòs, air bruaichean Loch Eireasoirt, taobh thall an locha on Eilean, a bha teaghlach màthair MhicThòmais agus tha e soilleir o sgoileireachd agus o bhàrdachd gu robh ùidh aige anns an eilean seo agus anns a’ bhàrd a b’ àbhaist a bhith fuireach ann, Murchadh Mòr. Rinn MacThòmais dàn

²⁹ Cha b’ ann air Ghàidhealtachd a-mhàin a bha an t-olc seo ri fhaicinn agus chithear pàtranan ga leithid, ’s e sin a’ bruidhinn anns a’ chànan mhàthaireil ri càch a chèile ach a’ cleachdadh na Beurla airson sgrìobhadh anns a’ Chuimrigh cuideachd anns na linntean seo (MacCoinnich 2008, 317–24, 331; Bowen 2017, 32).

eireachdail air dha a dhol a thadhail air ‘Eilean Chaluim Chille an Loch Eiriosort, Leòdhas’ ann an 1955, is e a’ meòrachadh air mar a chaidh Murchadh Mòr a thorradh na chiste ann an cladh an eilein (MacThòmais 1982, 68). Chaidh athair Mhurchaidh, Alasdair (ceathramh Fear Aicheallaidh), a chàradh dhan uaigh ann an Inbhir Pheofharain, c. 1642 (Clark 1900 I, 84). Chan eil fhios le cinnt an ann air tìr-mòr Rois no air an eilean a tha am bàrd againne, Murchadh Mòr, aig fois. Ach ’s ann a bha eaglais ann an Eilean Chaluim Chille ri linn Mhurchaidh — rud a chithear air mapa on àm, agus is math dh’fhaoidte gu robh beachd MhicThòmais mun teaghlach a bhith air an tiodhlacadh an seo ceart (Blaeu 1654).

Ach cha b’ e MacThòmais a’ chiad fhear litreachais a chuir suim ann am Murchadh Mòr. Bha luchd-cruinneachaidh san dara leth dhen ochdamh linn deug, leithid an Urr. Eòghann MacDiarmid, an t-Urr. Dòmhnall MacNeacail agus Raonull MacDomhnuill air an deach bruidhinn gu h-àrd, uile a’ togail òrain Mhurchaidh Mhòir mar a bha Seumas MacLathagain. Chan aithne dhuinn ciamar a thàinig na daoine seo tarsainn air InaS. Ach, tha fhios againn gu robh co-dhiù aon dhiubh, an t-Urr. Seumas MacLathagain, air chuairt ann an Eilean Leòdhais ann an 1774. Rinn e cunntas air a thuras a tha ag innse dhuinn càit an deach e ann an Leòdhas. Ghabh e slighe air a bheil luchd-turais fhathast gu math eòlach an-diugh is luaidh aige mu Thursachan Chalanais, Dùn Chàrlabhaigh agus Clach an Truiseil cho math ri inneas air taighean dubha Leòdhais. Chaith e beagan ùine ann an Sgìre nan Loch cho math ri sgìrean eile an eilein. Tha an leabhran-cuairteach aige aig innse dhuinn gun do sheòl e suas Loch Shiophoirt, gun do choisich e tarsainn gu ceann Loch Eireasoirt agus gun deach e air bàta a-mach air an loch sin a dh’ionnsaigh Steòrnabhaigh: cùrsa a bheireadh e seachad air Eilean Chaluim Chille faisg air beul Loch Eireasoirt. Tha e soilleir o chuid phàipearan gu robh MacLathagain aig meadhan lionraidh farsaing de chonaltradh-litreach (Stiùbhart 2016; DCA, GD/WE/6/4; DCA, GD/WE/5/12 & 13).³⁰ Ach, a dh’aindeoin sin agus ged a bha an

³⁰ Tha mi an eisimeil an Dr Domhnall Uilleam Stiùbhart, Sabhal Mòr Ostaig, airson an fhiosrachaidh seo o thasglann ann an Dùn Dè agus mo thaing dha.

neach-cruinneachaidh dripeil seo a' coinneachadh is a' conaltradh ris a h-uile seòrsa duine thall 's a-bhos, an dùil an ann air a thuras a dh'Eilean Leòdhais, agus gu Sgìre nan Loch ann an 1774, a thog MacLathagain an dà dhàn le Murchadh Mòr? Mura tig fianais eile am bàrr, ge-tà, cha ghabh fuasgladh fhaighinn air a' cheist sin no fios a bhith againn ciamar a thàinig an luchd-cruinneachaidh eile, MacDomhnuill, MacDiarmid no MacNeacail, tarsainn air InaS.

CO-DHÙNADH

Chaidh tarraing a dhèanamh anns an ro-ràdh mun bheachd àbhaisteach a bhios aig mòran mu Ghàidhealtachd na h-Alba ri linn nam fineachan mar shaoghal dùinte aig nach robh cus co-luadair ris an t-saoghal mhòr agus air a' bheachd a bha — agus a tha — a' dol am measg Ghall (agus is dòcha Ghàidheal) gur e àite deireach, dùinte, air iomall na cruinne bh' anns a' Ghàidhealtachd. Chì sinn on a bhith a' coimhead gu mionaideach air eachdraidh-beatha a' bhàird Ghàidhealaich seo, Murchadh Mòr, Fear Aicheallaidh, nach eil seo na chunntas a tha uile gu lèir iomlan no cothromach. B' e seo bàrd Gàidhealach a bha an sàs (mar a bha athair roimhe) ann am malairt le Gàidheil is Goill agus nach robh cùlteach no dùinte na lèirsinn no na cho-luadar ris an t-saoghal mhòr air dhòigh sam bith. Tha an fhianais on eachdraidh a' cur ris an tuigse againn air beatha agus pearsa a' bhàird mar dhuine ioma-fhillte a bha cuideachd, cho math ri bhith na bhàrd agus na Ghàidheal, ga bhogadh ann an saoghal na Beurla air a' Ghàidhealtachd agus air a' Ghalldachd mar fhear-ghnothaich. Tha na dàin a th' againn bhuaithe ann an Gàidhlig a' toirt sealladh anabarrach prìseil dhuinn air a' Ghàidhealtachd a thèid a chall anns na sgrìobhainnean tioram Beurla — agus fianais air na Gàidheil anns a' Ghàidhlig fhèin cho tearc againn on linn seo. Tha na h-òrain Ghàidhlig gar toirt ceum nas fhaisge air an duine agus air an taobh a bhiodh a' choimhearsnachd a' faicinn — agus a' cluinntinn dhen bàrd. Tha an t-iomradh aig Murchadh ann an InaS air 'Eoin finealta', athair a' Chlàrsair Dhoill, a' toirt sùileachan beag dhuinn air an dàimh a bha eadar e fhèin agus uaislean na sgìre agus cuideachd bàird is luchd-ealain eile. Chithear leis a' chumha a rinn e

air Dòmhnall Gorm Òg, Triath Shlèite, gun robh e a' leantainn athair le chuid dhàimhean ri 'Fìr Innse Gall'.

Chithear, le bhith a' cur fianais na Beurla cuide ris a' bhàrdachd, gu bheil dealbh mòran nas iomlaine againn air saoghal dà-chànanach nan Gàidheal ann an Leòdhas is Siorrachd Rois rè beatha Mhurchaidh. Chì sinn mar a bha buill de Chloinn Choinnich a bha nan Leòdhasaich (meadhanach) 'ùr', (ginealach an dèidh don chinneadh seo Eilean Leòdhais 'a phlanntachadh') a' togail dàimh agus a' conaltradh ri muinntir an eilein agus Murchadh aig meadhan seo. Tha iomadh ceist fhathast ri fuasgladh ann an co-cheangail ri amasan agus modhan-obrachaidh luchd-cruinneachaidh nan òran seo nach robh ann an comas dhan a' phàipear seo a mhìneachadh. Ach tha aon rud gu math soilleir: 's e dileab luachmhor a dh'fhàg an luchd-cruinneachaidh uile againn nuair a thog iad na dàin seo. Mura biodh iad air dàin Mhurchaidh a sgrìobhadh nan latha fhèin cha bhiodh lorg idir againn air òrain phrìseil a' bhàird seo an-diugh.

Chì sinn, le bhith a' dèanamh coimeas eadar na diofar dhreachan de InaS, sealladh air a' phròiseas (Èarr-ràdh 1) far an deach an t-òran a bhleith ann am beul-aithris — is bun sin ri fhaicinn anns na diofar thionndaidhean a thog luchd-cruinneachaidh (agus a lean luchd-deasachaidh). Feumaidh gu robh cuid de rannan a' dol a-mach à cleachdadh is a-mach à cuimhne ann am beul-aithris is gu robh a' bhuidh sin ri fhaicinn anns na diofar dhreachan anns na tùsan-sgrìobhte nas tràithe. Thug sin an uair sin buaidh air na chithear an clò — rud a tha soilleir ma thèid coimeas a dhèanamh eadar an dà dheasachadh gu math eadar-dhealaichte a rinn Watson (a' leantainn MhicDomhnuill, 1776) agus Ó Baoill is Bateman (a lean McN A, tùs eile o dhàrna leth na h-ochdamh linn deug). Ma thèid coimeas a dheanamh eadar na diofar thùsan uile de InaS, taobh ri taobh, tha coltas ann gur e dàn mòran na b' fhaide a bh' ann na tha follaiseach anns na tionndaidhean a bha air am foillseachadh le luchd-deasachaidh. Mar a b' fhaide a shiubhail 'An Làir Dhonn' air falbh o dachaigh, is an t-òran ga ghabhail agus ga thogail le seinneadairean is luchd-cruinneachaidh o sgìrean eile, is ann bu

mhotha a chaillear sealladh air co-theacsa ionadail, Leòdhasach, an dàin seo.

EÀRR-RÀDH 1: ‘TORRAM NA SGIOBAIREACHD’ / ‘AN LÀIR
DHONN’ 19, 26 NO 36 RANNAN O THÙS?

Chan e oidhirp deasachaidh a th’ anns an èarr-ràdh seo idir — chaidh sin a dhèanamh roimhe, mar a chithear ann an Colbh A agus Colbh B — ach oidhirp air tuigsinn meud is cruth ‘tùsail’, no co-dhiù nas iomlain, dhen dàn le bhith a’ dèanamh coimeas eadar diofar dhreachan de na rannan, taobh ri taobh mar a chaidh am foillseachadh (Colbh A agus Colbh B) agus sin an coimeas ri Colbh C (rannan o thùsan eile nach fhaicear idir ann an Colbhan A is B).

Feumar a bhith mothachail gur dòcha gun tigeadh atharrachadh ann an cruth òrain anns a’ cheud bliadhna eadar bilean a’ bhàird fhàgail, c. 1640x70, agus na rannan a bhith air an cruinneachadh le luchd-trusaidh, c. 1770; ach tha seo fìor mun mhòr-chuid den chorpas againn de dhàin bhon t-seachdamh linn deug.

Tha na rannan ann an Colbh A, a’ tighinn o leabhar Watson (BG), is deasachadh Watson fhèin stèidhichte air teaca MhicDomhnuill, *Comb-chruinneachidh* (1776). Seo an dreach as iomlaine den dàn a chithear an clò. Tha deasachadh eile, *GnaC*, air a chur ann an Colbh B. Bha an dara deasachadh seo a’ cleachdadh McN A mar thùs. Tha ruith nan rannan ann an *GnaC* ann an òrdugh diofraichte (mar a bha cuideachd aig an tùs, McN A) an taca ris mar a bha iad aig Raonull MacDomhnuill ann an 1776 agus BG, 1932 (Colbh A). Chaidh na rannan ann an *GnaC* (Colbh B) an ceangail ri òrdugh BG (a chithear an Colbh A) gus coimeas a dhèanamh anns a’ chlàr seo.

Tha dreachan eile dhen dàn a chithear ann an clò, aig leithid Ghilleasbuig Mhèinne (Mèinne 1870, 162–64) agus cuideachd Alexander MacLean Sinclair (1890 28–31) a’ leantainn dreach MhicDomhnuill (1776) gu dlùth. Chan fhaicear idir na rannan ann an Colbh C annta sin nas motha — no ann an gin eile de na tùsan airson an dàn a chaidh fhoillseachadh. Chithear liosta mionaideach den a h-uile tùs ann an leabhran Ó Baoill & MacAulay (2002, 24).

’S e 24 rannan a chithear an Colbh A. ’S e 19 de rannan a chithear an Colbh B. Tha seachd rannan eile nach eil idir a’ nochdadh ann am BG no *GnaC* rim faicinn an Colbh C. Cha deach

sia de na rannan ann an Colbh C idir fhoillseachadh a-riamh (cho fad 's a tha fios agam).

Ma thèid gach rann a ghabhas a lorg (on a h-uile tùs) a chur taobh ri taobh ri chèile — gus dreach nas iomlaine a dhèanamh, ‘InaS *max*’, chithear gur math dh’fhaoidte gu robh co-dhiù suas ri 36 rannan anns an dàn bho thùs. Dh’fhaoidte gu bheil seo a’ leigeil leinn dreach nas iomlaine a chur am follais.

A. Mar a chaidh rannan am foillseachadh le William J. Watson, *Bàrdachd Ghàidhlig* (1932), 217–19 [24 rannan]

Tha mise fo ghruaim³¹
Is gun mi an caidreabh a' chuain
Cha chaidil mi uair air chòir [1]

Ge socrach mo ghleus
Air chapull nan leum
Cha choisgear leath'm 'fheum le treoir [2]

Loth philleagach bhreun
Fo phillein 's fo sréin
Aon ghille 'na déidh bu lòd. [5]

Cha tugadh i ceum
Ach duine is i fhéin,
Is gun cuireadh i feum air lòn. [6]

Nan éigheadh i sgìos
Is e b'fheudar dhol sìos
Is e tréigsinn ge b' fhiamh an tòir. [7]

Cha b'ionnan 's mo làir
Air linne nam bàrc,
Bhiodh gillean a ghnàth cur bhòd. [8]

Cha b'ionnann 's mo shaoi
Ri grinne na gaoith.
Gun bhioran r'a taoibh 's i folbh. [10]

Is i b'fhearaile ceum
Da'm faca mi féin
Is cha bu ghearan dhi feum air lòn. [11]

Iùbhrach shocrach a' chuain
D'an cliù toiseach dol suas,
Bhiodh giuthas dosrach nam buadh fo sheòl. [12]

B. Deasachadh le Colm Ó Baoill is Meg Bateman, *Gàir nan Clàrsach* (1994), 150–53. [19 rannan]

Gur neo-shocrach mo cheum
Air chapull nan leum:
'S cha fhreagar leat m'fheum air chòir.

Cha ghiùlain i an cèin
Ach aon duine is i fhéin,
Is gun cuireadh i feum air lòn.

Cha b'ionnan's mo làir
Air linne nam bàrc
Bhiodh do ghillean do ghnàth cuir bhòd.

O Aigeal nan gleann,
Gu baideal nam beann
Bhiodh sadan is deann mu sròin.[9]

Siud i agam mo shaoidh
'S i ruith air a' ghaoith
Gun bhioraibh ri taoibh 's i folbh.

Iùbhrach shocrach a' chuain
D'an cliù toiseach dol suas
Giuthas dosrach nam buadh fo sheòl.

C. Rannan eile nach fhaicear ann an Co-Chruinneachadh Eige, LS MhicLathagain, *BG* no *GnaC*. [7 rannan eile nach fhaicear ann an Colbhan A no B]

Cha tig stad air a ceum
Ach sad agus leum
B'e creathall a clèibh mo gheall. [McN B]³² [3]

Nuair rachamaid suas
Ann an cathair a' chuain
Cha tigeadh oirmn fuachd no leòn.
[McN B]³³ [4]

Bu mhath a' siubhal fui bhrèid
'S i cuir sùgha na dèidh
'S muir reògha le ciad (?) san lò [McN B]³⁴ [13]

³¹ 'S e a' chiad loidhne anns an dàn ann an Watson (1959) 'Tha m' aigne fo ghruaim'.

³² Gheibhear seo ann an aon de thionndaidhean MhicNeacail (EUL, MS 3096.1, B: 28).

³³ Gheibhear seo ann an aon de thionndaidhean MhicNeacail (EUL, MS 3096.1, B: 28).

Air bharruibh nan stuadh,
Cur daraich 'na luas,
Is buill-tharruing nan dual 'nan dòrn. [14]

Reubadh mara gu dlùth,
Fo bheul sgar agus sùidh,
Is i an déidh a barradh gu h-ùr o'n òrd. [15]

Chluinnte farum nan ràmh,
O'n charraig a' snàmh,
Is bhiodh barant a làimh gach seòid. [18]

Chan iarradh i moll
No fodar no pronn,
Ach sadadh nan tonn r'a sròin. [19]

B'e sud m' aighear 's mo mhiann,
Ge do ghlasaich mo chiabh,
Is cha b'e slat agus srian am dhòrn. [21]

Ged thigeadh an ruaig
Le caitheamh a' chuain,
Cha laigheadh oirnn fuachd no leòn. [22]

An uair ghabhmaid gu tàmh,
Anns a' chalaphort shàmh,
Cha b'fhallain on m' làimh-s' an ròn. [23]

Bhiodh eilid nam beann
A' tèarnadh le gleann,
Is mo pheileir gu teann' na lorg. [25]

Bhiodh ar sgionan-ne geur,
Gu feannadh an fhéidh
Is cha b' annas an gleus sin oirnn. [27]

Reubadh mara gu dlùth,
O bheul sgar agus sùidh,
'N dèidh 's a barradh gu h-ùr on òrd.

Buaidh's beannachd don t-saor
Dh'fhuaigh a darach gu caoin,
'S i gun ghaiseadh gun ghaoid na
bòrd. [16]

Ruith choip air a blàr,
Is is druidte gu h-àrd,
'S gum bu chruit leam a gàir fo sheòl
[17]

B'e siud m'aighear 's mo mhiann,
Gad a ghlas air mo chiabh,
'S cha b'e an t-slatag no an t-srian
bhith 'm dhòrn.

Is nuair a ghabhmaid mu thàmh,
Ann an calaphort sèimh.
Cha b' fhallainn fo'r làimh na ròn.

Bhiodh saill an dàimh mhodhair,
Fo ar n' ailgheas 's fo ar roghainn,
'S e air fàgail a laoigh sa' cheò. [24]

Sin is eilid nam beann
Nach tèarnadh gu gleann,
Gun cheilearan teann a lorg.

Bhiodh ar sgionnan glè gheur
Gu feannadh an fhéidh
'S cha b' annas an gleus ud oirnn.

Air ghob riutha ga leum,
Bu ro-mhath siubhal fo brèid
'S gun togadh-si ceud mar lòd [McD]
[20]

Bhìobh ga feannadh air luib,
Fo mheallibh na stuic,
Ga m ballan mo shuint bho n doigh³⁵
[Eige] [26]

³⁴ EUL, MS 3096.1, B: 28. Chan eil brìgh na loidhne mu dheireadh seo soilleir. Tha sgrìobhadh MhicNeacail coltach ri <S muire roghta le ceid san Lò>. Is math dh'fhaoitidhe 'rotal' seach 'reògha': an cop a chuireas bàta na dhèidh — ach chan eil 'ceid' furasta a mhineachadh.

³⁵ Chan eil an rann seo, rann naoi deug, ann an co-chruinneachadh Raonuill MhicDomhnuill, a' nochdadh ann am BG. Tha tionndadh eadar-dhealaichte dhen rann seo aig McN B: 'Damh allaidh nan slui / ga feannadh air lùib / 's e air fagail a luigh sa cheo' (EUL MS 3096.1, B: 28).

Fhir a dh' imicheas an iar,
O nach cinnteach mo thriall.
Bì g innseadh gur bliadhain gach lò. [28]

Beir an t-soraidh-sa nunn,
Air fad chun an fhuinn,
Far am faighte na suinn ag òl. [29]

Gu eilean an fhèidh,
Is gu eirthir an éisg,
Far nach pàigheamais féich air lòn. [30]

Gu comunn mo rùin
Nach cromadh an t-sùil
An ám tromachadh dhùinn air pòit. [32]

Gun àrdan gun strì
Gun àireamh air nì
Ach cur sàradh a fion 's 'ga òl. [33]

Bhiodh ceòl filidh nar cluais
O'n Eoin fhinealt gun ghruaim.
Fear o'n rioghail cur dhuan air folbh. [36]

Fhir a dh' imicheas on iar,
Bho nach cinnteach mo thriall,
Bì ag innse gur bliadhna gach lò.

Thoir mo shoraidh a nunn
A dh' ionnsaigh an fhuinn
Far am faighte na suinn ag òl.

Gun àrdan gun strì
Gun àireamh air nì,
Gun sàradh air fion no beòir.

Luchd luireach is lann
Chuireadh cùl ri bhith gann,
'S a bhiodh cliùiteach an àm an òil.
[34]


Ceòil fìdhle nar cluais
On Eoin fhinealta shuaire,
O'm bu mhisle cur dhuan air folbh.

Gu eilean nan tonn
nam ban àluinn 's nan sonn
bu mhileanta fonn mu bhòrd [SO]³⁶
[31]

Luchd chlogaid a's sgiath
'S an iùbhar nach b'fhiar
Bu neo-bhuidheach dhiubh riamh
luchd-chleòc [McD] [35]

³⁶ Seo rann MhicCoinnich, *SO*, nach eil idir a' nochdadh ann an teacs Raonuill MhicDomhnuill ann an Eilean Eige (1776) no ann am *BG*.

EÀRR-RÀDH 2. CRAOBH-THEAGHLAICH MĦURCHADH (MĦÒIR MAC ALASDAIR IC MĦURCHADH)
MĦICCHOINNICH, FEAR AICHEALLAIDH ("MURDOCH MACKENZIE 5TH OF ACHILTY")



NOTAICHEAN CEANGAILT RIS A' CHRAOIBH-SHLOINNTEARACHD

¹ Phòs an Iain seo, nighean le Coinneach MacCoinnich, Fear Dhabhach Càirn (Mackenzie 1894, 506). Rinn Murchadh dlighe, aig Eilean Chaluim Chille, Leòdhas, 9 An t-Iuchar 1681 — agus bha 'John MacKenzie, my brother-german' am measg an luchd-fianaise (NRS, GD 305/1/150/104).

² Phòs an Tòmas seo nighean le Donnchadh MacCoinnich, Fear Shannda (bha an nighean seo na h-ogha do dh'Iain Ruadh, Fear Gheàrrloch) (Mackenzie 1894, 417, 506).

³ Bha an Dòmhnall seo, 'Daniell MacKenzie, my son' na fhianais air dlighe a rinn athair aig Eilean Chaluim Cille, 9 An t-Iuchar 1681. A rèir Uilleim MhicMhathain chaidh Dòmhnall àrach mar dhalta cuide ri Iain MacGilleMhoire, Fear-taca Bhradhagair a bha na athair dhan a' Chlàrsair Dhall (Matheson 1970, 227).

⁴ Bha an Iain MacMhathain seo, beò, c. 1680x1760 (Mackenzie & MacBain 1900, 65–66). Mar seo faodaidh gu robh e na chomh-aois nighean le Murchadh Mòr (ma bha clann aig Murchadh na sheann aois on treas pòsadh, leithid Bharabail). Tha òran ann an LS Dhòrnaidh, c. 1860x1897, ris a bheil teacs ceangailt mar a leanas: 'Òran leis a' bhàrd Murchadh Mac Mhathain air dha fàs tinn ann an Eilean Chrólainn 's e a' dol maille ri Iain MacMhathain, Fear Fèarnaig, an uair a bha e a' folbh a phòsadh Barabal, nighean Mhurchaidh Mhòir mac mhic Mhurchaidh ann an Steòrnabhagh, Leodhais' (McGuire 2007, 174). Bha Uilleam MacMhathain rudeigin mì-chinnteach mu seo agus a' smaoinichadh gur dòcha gur e piuthar seach nighean Mhurchaidh Mhòir a bha Fear Fhearnaig a' sireadh mar mhnaoi (Matheson 1969, 178–84). Agus, ged a bha an fhianais seo aig MacMhathain o LS Dhòrnaidh cha robh guth idir aige air ann an aiste mu shloinntearachd Chloinn MhicMhathain, fiù nuair a thug e luaidh air dlùth cheangal an teaghlaich sin ri sliochd Aicheallaidh (Matheson, 1972, 184–86). Ged nach eil fianais ann taobh seach taobh mu Bharabal (seach LS Dhòrnaidh) faodaidh gu robh an LS ceart agus gu robh Barabal pòsta aig Fear Fhearnaig.

⁵ Chaidh dàn-molaidh a dhèanamh mu aon de shliochd Mhurchaidh Mhòir a bha ag ainmeachadh 'An Caiptean', agus feumaidh gur e seo Cailean, an t-ochdamh (is an fear mu dheireadh) dhen teaghlach ris an canar Fear Aicheallaidh. Bha e na oifigear ann am feachdan ann 78th Rèiseamaid — an t-aon oifigear a bha san teaghlach (Mackenzie 1894, 507). Chaidh àrdachadh gu Caiptean mus do leig e dreuchd an airm dheth ann an 1795 (Bangor-Jones 1994, 102). Chaochail e ann an 1813. Bha an dàn, gun urra, a chaidh fhoillseachadh san *Highlander* (29/04/1876, 3) ga mholadh air sgàth a shliochd, is a' tarraing air feartan a bha ainmeil do shliochd Mhurchaidh Mhòir a bha air uair na 'cheannbheart Leòdhas': sin sealg, comasan-luinge, eòlas-mara agus

cliù an teaghlach ann an Leòdhas. Tha seo na mhac-talla, gu ìre mhòr, air bàrdachd Mhurchaidh Mhòir fhèin san ‘Làir Dhonn’. A rèir fianais an dàin, b’ e Caiptean Cailean a phàigh am bàrd gus seo a dhèanamh. Feumaidh, le sin, gun deach an dàn a leanas a dhèanamh 1793x1813. Seo an dàn mar a chaidh fhoillseachadh anns an *Highlander* gun atharrachadh (ach bha an clò rudeigin doirbh a leughadh ann an aon àite — is comharra-ceist a’ nochdadh mi-chinnt an sin).

[1] Mo cheud iomradh ’s gach nì chluinn mi
Do luch’ m’ iomradh theaghlach Mhurchaidh
Chaiptein chuimte a thug an t-airgiod-poca dhomh.

[2] Bonn bu ghàir’ ’s bu mhòr airgiod
’S ro tharbhach bho’d làimh shealbhaich
Bho’n dream ainmeil, dhèanamh sealg ’s nad mòr-bheannaibh

[3] Sliochd Mhurchaidh Mhòir, gharbh a leòghainn
Làidir chrodha, cheannbheart Leòdhais
Fhuair sibh mòran chòraichean.

[4] Còir air bhinnid, còir air grinnid
Còir a bhillid, còir nach tilleadh,
Còir nach innsidh luchd a spiorad mhoralach.

[5] San leat bu mhiannadh luingeas dìonach
Buill ri cliathaich, dìosgail iarainn
’S gillean ciallach dhèanamh gnìomh air seòltaireachd

[6] Ga stiùireadh cruadh, ga cumail suas,
Ri sruth ’s ri fuaraidh ’s mòr na ghualadh
’S ‘riggins’ suas ri làmhan cruadh ar corcridh

[7] Luing’[ea]s sturtaidh(?) buill ri cupaill
Siùil gan trusaith, gaoth ga cùrsadh
Sgoileir gasta, leibh cairt ga sheòladh

[8] Leum a biulbhan, triall gad reidheam
Fionn is feist, piob ga gleusadh

Solas èireadh, gillean gleusta còmhraideach

[9] Triall gad chèile, led shealg bheinn
 Le'd cheum theanna, led choin sheanga,
 Bhiodh do ghillean gu stoiceach, biorach, rosdachail.

BUIDHEACHAS

Bu mhath leam taing mhòr a thoirt dhan luchd-deasachaidh airson an cuideachaidh airson an cuid saothrach, dealais is foighidinn. Tha mi cuideachd fada an comain an Oll. Colm Ó Baoill, Oilthigh Obar Dheathain, airson dreach dhen alt a leughadh agus mo chumail ceart air mòran phuingeann. Mo thaing mhòr don Dr Domhnall Uilleam Stiùbhart, Sabhal Mòr Ostaig/Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, airson phàipearan an Urr. Seumas MacLathagain a th' air an glèidheadh ann an Tasglann Bhaile Dhùn Dè a thoirt fam chomhair agus dealbhan den seo a thabhann dhomh.

CLÀR-LEUGHaidH

Chaidh tiotailean gach cruinneachaidh a leanas, gu h-ìosal, fhàgail am Beurla mar a thèid coinneachadh riutha anns na tasglannan.

LÀMH-SGRÌOBHAINNEAN

BL (British Library), Lunnainn

Add Ch. 61231–62170, Charters and deeds relating to Clan Mackenzie & Ross-shire

DCA (Dundee City Archives), Dùn Dè

GD/WE/6/4, Rev. James MacLagan's Tour of the Hebrides, 1774

GD/WE/5/12, Letter, Rev. Hugh MacDiarmid to MacLagan, 1778

GD/WE/5/13, Letter, Rev. Donald MacNicol to MacLagan, 1779

EUL (Edinburgh University Library), Dùn Èideann.

MS 3096.1 (A & B), Colin Campbell Collection (MacNicol MSS)

GUL (Glasgow University Library), Glaschu

MS Gen 1042, Rev James MacLagan's Manuscript Collection

MS Gen 583 'McD' = Orain Ghaidhealach a chruinnich Eoghan

Macdhiarmid Duncidin 12th Octr 1770 vol 2d.

HAC (Highland Archive Centre), Inbhir Nis.

D1479, Gillanders of Highfield Papers

NLS (National Library of Scotland), Dùn Èideann

Acc 9711, William Matheson Papers

MS 1102, Delvine Papers

MS 1314–15, Delvine Papers

NRS (National Records of Scotland), Dùn Èideann

AC 7/1–2, Admiralty Court Records, 1628–31

GD 46, Seaforth Muniments

GD 188, Papers of the Guthrie family of Guthrie, Angus

GD 305, Papers of the Mackenzie Family, Earls of Cromartie
(Cromartie Muniments)

GD 427, Gillanders of Highfield Papers

RD 1, Register of Deeds, 1st series (1545–1659)

RD 4, Register of Deeds, 2nd series, Mackenzie's office (1660–
1700)

SC 34/1/1, Tain Sheriff Court, minute book, 1663–6

SC 34/19/1/1–2, Tain Sheriff Court, Register of Deeds, 1664–
1695

RS 38/1–8, Particular Register of Sasines, Inverness, Ross,
Sutherland and Cromarty, Second Series

TÙSAN FOILLSICHTE

Anderson, Peter J. 1893. *Officers and Graduates of the University & King's College, Aberdeen, 1495–1860*, Aberdeen

- 1898. *Fasti Acadamae Mariscallanae Aberdonensis. Selections from the Records of the Marischal College and University, 1593–1860*, Leabhar II, Aberdeen
- 1900. *Roll of Alumni of the University and King's College of Aberdeen, 1596–1860*, Aberdeen
- Bangor-Jones, M. 1994. 'Mackenzie families in the Barony of Loch Broom', ann an John R. Baldwin (deas.), *Peoples and Settlement in North-West Ross*, Edinburgh, 79–117
- Black, R. 1979. 'The genius of Cathal MacMhuirich', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 50 (1976–78), 327–66
- Blankenhorn, Virginia. 2013a. 'The Rev. William Matheson and the performance of Scottish Gaelic "strophic" verse', *Scottish Studies* 36, 15–44
- 2013b. 'Verse structure and performance in Scottish Gaelic vernacular poetry', ann an Nancy R. McGuire agus Colm Ó Baoill (deas.), *Rannsachadh na Gàidhlig, 6. Papers Read at Rannsachadh na Gàidhlig, 6, Held at the University of Aberdeen, 23–26 August 2010*, Obar Dheathain, 53–92
- Blaue, J. 1654. *Leogus et Haraia insuale ex Aebudarum numero, quae quamquam isthmo cohaereant, pro diversis habentur. Lewis and Harray of the nambre of the Western Yles, which two although they ioyne be a necke of land ar accounted dyvers Ylands*. Amsterdam. Mapa ri fhaicinn air làrach-lìn Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, <<http://maps.nls.uk/atlas/blaeu/browse/104>>
- Blaue, W. J. 1635. *Scotia Regnum*. Amsterdam. Mapa ri fhaicinn air làrach-lìn Leabharlann Nàiseanta na h-Alba: <https://maps.nls.uk/scotland/rec/135>
- Bowen, Lloyd. 2017. 'News networks in Early Modern Wales', *History* 102 (349), 24–44
- Campbell, Kenna & Hamill, Ainsley (deas.). 2023. *Gun Sireadh, gun Tarraidh. The Tolmie Collection*, Stornoway
- Clark, James T. (deas.). 1900. *Genealogical Collections Concerning Families in Scotland Made by Walter MacFarlane, 1750–1751* Leabhar I, Edinburgh

- Cox, Richard A. V. 2022. *Ainmean Tuineachaidh Leodbais. The Settlement Names of Lewis*, dà leabhar, Brig o' Turk
- Dennison, E. Patricia agus Coleman, Russel. 1997. *Historic Stornoway. The Archaeological Implications of Development. The Scottish Burgh Survey*, Edinburgh
- Fraser, Donald C. 1993. 'Gaelic religious verse from the Fernaig manuscript', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 57 (1990–92), 73–99
- Fraser, Captain Simon. 1816. *The Airs and Melodies Peculiar to the Highlands of Scotland. Communicated in a Pleasing & Familiar Style, Having the Lively Airs Introduced as Medleys to Form a Sequence to Each Slower Movement*, Edinburgh
- Grant, Francis J. 1944. *The Faculty of Advocates in Scotland, 1532–1943, with Genealogical Notes*, Edinburgh
- Gregory, Donald agus Skene, William F. às leth an Iona Club (deas.). 1847. *Collectanea de Rebus Albanicis, Consisting of Original Papers and Documents Relating to the History of the Highlands and Islands of Scotland*, Edinburgh
- Gunderloch, Anja. 2007. 'Làmh-sgrìobhainnean Gàidhlig Oilthigh Ghlaschu. The Gaelic manuscripts of Glasgow University. A catalogue.' Department of Celtic, University of Glasgow, https://www.gla.ac.uk/media/Media_134039_smxx.pdf
- Highlander*, 29 April 1876
- Joyce, P. W. 1909. *Old Irish Folk Music and Songs. A collection of 842 Irish Airs and Songs*, Hitherto Unpublished, Dublin
- Laing, David (deas.). 1858. *A Catalogue of the Graduates in the Faculties of Arts, Divinity and Law of the University of Edinburgh since its Foundation*, Edinburgh
- Lawson, Bill. 2007. *Croft History. Isle of Lewis, Vol 14: Leumrabbagh, Orasaigh, Stiòmrabbagh, Isgein, Am Pàirc, Ath Linne*, Northton
- MacCoinnich, Aonghas. 2008. 'Where was Gaelic written in Late Medieval and Early Modern Scotland? Orthographic practices and cultural identities', ann an Colm Ó Baoill agus Nancy R. McGuire (deas.) *Caindel Alban. Fèill-sgrìobhainn do Dhòmbnall E. Meek = Scottish Gaelic Studies* 24, 309–356

- 2010. ‘Daltachas, fineachan agus Alba anns an t-siathamh agus an t-seachdamh linn deug’, ann an Gillian Munro agus Richard A. V. Cox (deas.), *Cànan & Cultur / Language & Culture, Ramnsachadh na Gàidhlig 4*, Edinburgh, 37–53
- 2013. ‘Long, fion agus fine. Dàn le Alasdair mac Mhurchaidh, fear Aicheallaidh, c. 1639 x 1643’, ann an Nancy R. McGuire agus Colm Ó Baoill (deas.) *Ramnsachadh na Gàidhlig 6. Papers Read at Ramnsachadh na Gàidhlig 6, Held at the University of Aberdeen, 23–26 August, 2010*, Obar Dheathain, 121–60
- 2015a. *Plantation and Civility in the North Atlantic World. The Case of the Northern Hebrides, 1570–1639*, Leiden
- 2015b. ‘Dùn Èistean: The historical background, c. 1493–c. 1700’, ann an Rachel Barrowman (deas.) *Dùn Èistean: Excavations on a Late-Medieval Clan Stronghold*, Stornoway, 40–68
- 2022. ‘Looking for a Gàidhealtachd in the south-west: Identifying Gaels in the historical record, c. 1400–1805’, ann am Michael Ansell, Ronald Black agus Edward J. Cowan (deas.) *Galloway. The Lost Province of Gaelic Scotland*, Kinross, 125–172
- MacDomhnuill, Raonuill (deas.). 1776. *Comb-chruinneachaidh Orannaigh Gaidhealach le Raonuill MacDomhnuill ann ’n Eilean Eigg, Duncidunn*
- Macdonald, Angus, agus Macdonald, Archibald. 1904. *The Clan Donald*, Leabhar III, Inverness
- Macdonald, Keith. 1895. *The Gesto Collection of Highland Music*, Leipzig
- MacDonald, Norman agus Morrison, Alexander (deas.). 1975. *The Morrison Manuscript. Traditions of the Western Isles by Donald Morrison, Cooper, Stornoway*, Stornoway
- MacGill-Eain, Somhairle. 1985. *Ris a’ Bhruthaich. Criticism and Prose Writings* deas. le William Gillies, Stornoway
- MacGregor, Martin. 2007. ‘Gaelic barbarity and Scottish identity’, ann an Dauvit Broun & Martin MacGregor (deas.) *Mìorun Mòr nan Gall. The Great Ill-Will of the Lowlander? Lowland Perceptions of the Highlands, Medieval and Modern*, 7–48
- MacilleDhuibh, Raghnaill. 2006. ‘Cunnart, eadar-theangar ag obair: Eachdraidh a’ Phrionnsa le Iain MacCoinnich,’ ann an Wilson

- McLeod, James E. Fraser agus Anja Gunderloch (deas) *Cànan & Cultar / Language and Culture. Rannsachadh na Gàidhlig*, 3, Edinburgh, 73–110
- MacInnes, Allan I. 1992. ‘Seventeenth-century Scotland: The undervalued Gaelic perspective’, ann an Cyril J. Byrne, Margaret Harry agus Pádraig Ó Siadhail (deas.), *Celtic Languages and Peoples. Proceedings of the Second North American Congress of Celtic Studies*, Halifax, Nova Scotia, 535–54
- MacInnes, Allan I. 1996. *Clanship, Commerce and the House of Stuart*, East Linton
- MacInnes, John. 1966. ‘Gaelic Songs of Mary MacLeod’, *Scottish Gaelic Studies* 11, 3–25
- Maciver, Iain F. 1989. ‘A 17th century prose map’, ann am Finlay MacLeod (deas.) *Togail Tìr. The Map of the Western Isles*, Stornoway, 23–31
- Mackay, William (deas.). 1896. *Records of the Presbyteries of Inverness and Dingwall, 1643–1688*, Edinburgh
- Mackenzie, Alexander. 1877. ‘John Mackenzie, editor of the “Beauties of Gaelic Poetry”. A memoir’, *The Celtic Magazine* 2 (18), 201–10
- 1894. *History and Genealogy of the Mackenzies dàrna deas.*, Inverness
- 1900. *History of the Mathesons with Genealogies of Various Families dàrna deas.* le Alexander MacBain, Stirling & London.
- Mackenzie, Annie M. (deas.). 1964. *Orain Iain Luim. Songs of John Macdonald Bard of Keppoch*, Edinburgh
- Mackenzie, John (deas.). 1907. *Sar-Obair nam Bard Gaelach. The Beauties of Gaelic Poetry and the Lives of the Highland Bards*, Edinburgh
- Mackinnon, Donald. 1938. ‘Education in Argyll and the Isles, 1638–1709’, *Records of the Scottish Church History Society* 6, 195–207
- Mackinnon, Iain. 2017. ‘Colonialism and the Scottish Highlands’ *Northern Scotland* 8.1, 22–48

- Maclean, John. 1939. 'The Sources, particularly the Celtic sources, for the history of the Highlands in the 17th century', (tràchdas PhD neo-fhoillsichte, Oilthigh Obar Dheathain)
- Maclean-Sinclair, Alexander. 1890. *The Gaelic Bards from 1411 to 1715*, Charlottetown, Prince Edward Island
- MacPhàrlain, Calum (deas.) 1923. *Làmh-Sgròbhainn MhicRath: Dòrlach Laoidbean do Sgròbhadh le Donnchadh MacRath, 1688, Dùn Dè*
- MacThòmais, Ruairidh. 1982. *Creachadh na Clàrsaich. Cruinneachadh de Bhàrdachd, 1940–1980*, Edinburgh
- Martin, Martin. 1999. *A Description of the Western Islands of Scotland, circa 1695*, Edinburgh
- Matheson, William. 1969. 'Further Gleanings from the Dornie Manuscripts', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 45 (1967–68), 148–95
- (deas.) 1970. *An Clàrsair Dall. Orain Ruaidbri Mhic Mhuirich agus a chuid ciùil. The Blind Harper. The Songs of Roderick Morison and his Music*, Edinburgh
- 1972. 'Genealogies of the Mathesons', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 47 (1971–72), 172–217
- 1993. *Gaelic Bards and Minstrels*. Edinburgh (2 x CD fuaim agus leabhran-pàipeir)
- McGill, W. 1909. *Old Ross-Shire and Scotland as Seen in the Tain and Balnagown Documents*, Inverness
- McGuire, Nancy R. 2001. 'The Dornie Manuscripts', (tràchdas neo-fhoillsichte, Oilthigh Obar Dheathain)
- 2007. 'Lost and found: The papers of Captain Alexander Matheson', *Scottish Gaelic Studies* 28, 145–78
- Meinne, Gilleasbuig (deas.). 1870. *Combchruinneacha do db'Oran thaghta Ghaidhealach*, Glascho
- Mitchell, Sir Arthur (deas.). 1907. *Geographical Collections Relating to Scotland Made by Walter MacFarlane*, Leabhar II, Edinburgh
- Newton, Michael. 2000. *A Handbook of the Scottish Gaelic World*, Dublin
- (deas.). 2006. *Dùthchas nan Gàidheal. Selected Essays of John MacInnes*, Edinburgh

- Ó Baoill, Colm. 1983. ‘Gaelic Manuscripts in the Colin Campbell Collection’, *Scottish Gaelic Studies* 14.1, 83–99
- (deas.). 1997. *Duanaire Colach, 1537–1757*, Obar Dheathain
- Ó Baoill, Colm (deas.) agus Bateman, Meg (eadar-th.). 1994. *Gàir nan Clàrsach. The Harps’ Cry. An Anthology of 17th century Gaelic poetry*, Edinburgh
- Ó Baoill, Colm agus MacAulay Donald. 2001. *Scottish Gaelic Vernacular Verse to 1730: A Checklist*. dàrna deas., Obar Dheathain
- Ó Maolalaigh, Roibeard. 2006. ‘On the possible origins of Scottish Gaelic iorram, “rowing song” ann am Michel Byrne, Thomas Owen Clancy agus Sheila Kidd (deas.) *Litreachas & Eachdraidh. Rannsachadh na Gàidhlig*, 2. Glaschu 2002. *Literature & History. Papers from the Second Conference of Scottish Gaelic Studies, Glasgow, 2002*, Glaschu, 232–88
- Pinkerton, John M. (deas.). 1976–80. *The Minute Book of the Faculty of Advocates, 1661–1750*, dà leabhar, Edinburgh
- Pons-Sanz, Sara & MacCoinnich, Aonghas. 2018. ‘The Languages of Scotland’, ann an Nicola Royan (deas.) *The International Companion to Scottish Literature, 1400–1650*, Glasgow, 19–37
- Robson, Michael. 2011. *The Great Forest of Lewis*, Port of Ness
- Scott, Hew. 1927. *Fasti Ecclesiae Scoticanæ. The Succession of Ministers in the Church of Scotland from the Reformation. Volume VII. Synods of Ross, Sutherland and Caithness, Glenelg, Orkney and of Shetland, the Church in England, Ireland and Overseas*, Edinburgh
- Stevenson, David. 1994. *Highland Warrior. Alasdair MacColla and the Civil Wars*, Edinburgh
- Stiùbhart, Domhnall Uilleam. 2006. ‘Some heathenish and superstitious rites: A letter from Lewis, 1700,’ *Scottish Studies* 34, 205–26
- 2016. ‘The Rev. James McLagan: Collector as canon-creator’, Òraid a chaidh a libhrigeadh aig co-labhairt ‘The Rev. James MacLagan (1728–1805) and his manuscripts’, aig Oilthigh Ghlaschu, 9 an t-Sultain 2016

- The History of Feuds and Conflicts of the Clans in the Northern and Western Isles: From the Year MXXXI unto MDCXIX, 1780*
- Thomson, Derick S. 1989. *An Introduction to Gaelic Poetry* dàrna deas., Edinburgh
- (deas.). 1992. *The MacDiarmid MS Anthology. Poems and Songs, Mainly Anonymous from the Collection Dated 1770*, Edinburgh
- 1995. ‘The MacLagan Manuscripts in Glasgow University Library: A survey’ *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 58 (1993–94), 406–24
- 1997. ‘Influences of Medieval thinking on the Gaelic world in Scotland in the sixteenth century and later’, ann am Marie-Françoise Alamichael agus Derek Brewer (deas.) *The Middle Ages after the Middle Ages in the English-Speaking World*, Woodbridge, 17–26
- Watson, William J. (deas.). 1932. *Bàrdachd Gàidhlig. Specimens of Gaelic Poetry, 1550–1900* dàrna deas., Stirling
- (deas.). 1959. *Bàrdachd Gàidhlig. Specimens of Gaelic Poetry, 1550–1900* treas. deas., Stirling
- Whyte [Alasdair Whyte agus Ross Whyte], 2016. *Fairich*, clàr CD, Whyte Noise, Birnam CD, Dunkeld
- Withrington, Donald. 1986. ‘Education in the 17th century Highlands’, ann an Lorraine MacLean (deas.) *The Seventeenth Century in the Highlands*, Inverness, 52–59